P A S

*lt le EOI*

NB.3.815

# LEABHAR AITH-GHEARR CEIST

## CO'-THIONNAL URRAMACH

## NA'N DIADHUIREAN

## LE AN DEARBHAIDHE

## AS NA SCRIOPTAIRIBH NAOMHA:

Gu coitcheonn, air son, Sochair na'n Criosduidhean, agus na'n Og agus Clann, ann an Tuigse gu sonnraichte: chum 's gu deanamh iad aid-fein ni bu shocrache eòlach airan Fhirin a reir na'n Scrioptairibh, agus maille riusan air na Scrioptairibh fein.

Air an Scriobha' on bheurla anns a' Ghailic albanaich,
LE SEUMAS MAC IULLAMHOIRRE,
Maisdeir-Scoil, ann an Droghaid Mhic Eoin.

PASLIC:
*Clo bhuailt le EOIN MACNEAL,*
Don GHABRIEL TIGHEARNA, Leabhar Reic-adair, aig Cheachd a Chluig air an t' sraid iosail, ann 'n Grianaig.

1800.

Angus McIntosh

Angus McIntosh

Angus McIntosh
Tailor
Miltown of Comserr
By Aberfeldy

Angus McIntosh
Tailor
Miltown of Comserny

# LEABHAR AITH-GHEARR CEIST

## CO' THIONNAL URRAMACH.

# NA'N DIADHUIREAN

---

1. Ceist. *CREUD is crioch àraid do'n duine?*

*Fregra.* Is i is crioch àraid do'n duine Dia a ghloracha *a* agus a mhealtuinn gu suthain *b.*

*a* 1 Cor. x. 31. Uume sin co aca dh' itheas no dh' òlas sibh; no ge b' e ni a ni sibh, deanaibh na h-uile nithe chum glòir Dhè.

*b* Salm lxxiii. 25. Co ata agams' ann an neamh ach thusa?' agus cha n-eil neach air thalamh ata mi miannacha ach thu. Earran. 26, Tha m' fheòil agus mo chridhe a' fàilneachadh; ach is e Dia neart mo chridhe agus mo chuibhrionn gu suthain.

2. C. *Creud i an riaghail a thug Dia dhuinne d' ar teagasg chum 's gu feadamid eisinn do ghloracha agus do mhealtuin?*

*F.* Is e focal Dhe ata air a chur sìos ann an Scriptuirre an t sein-Tiomnuidh, agus an Tiomnuidh

nua' *c* amhàin is riaghail dhuinne d' ar teagasg ch
's gu feadmid eisin a ghloracha, agus a mhealtuin .

*c* Eph. ii. 20. Agus tha sibh air bhur togail suas bunait nan abstol agus nam fàidh, air bhi do Iosa Cri fein 'na chloich chinn na h-oisinn.

2 Tim. iii. 16. Tha an Scrioptuir uille air a dheac adh le Spiorad De, agus tha e tarbhach chum teagai chum spreige, chum leasechaidh, chum oilein ann am reantachd.

*d* 1 Eoin. i. 3. An ni a chunnaic agus a chuala sin tha sinn a' cur an ceill duibhse, chum gu' m bi agaibh mar an ceudna comunn ruinne! agus gu firinneach tha comunne ris an Aithair, agus ra Mhac Iosa Criosd.

3 C. *Creud ata na Scrioptuirr gu h araid ag teagasg*

*F.* Ata na Scrioptuirr gu h araid ag teagasg, ga ni is coir do 'n duine chreidsin tiomchioll Dhe, ag an dleasdanas ata Dia ag iarruidh air an duine *e*.

*e* 2 Tim. i. 13. Cum gu daingean samblila firinnea nam briathar fallain, a chuala tu uamsa, ann an creidin agus ann an gradh ata ann Iosa Criosd.

4 C. *Creud e Dia ?*

*F.* Dia is Spiorad e, *f*, ata neimh-chriochnuighea *g* bith bhuan, *h*, neimh-chaochladach, *i* ann na bhit *l* a ghliocas, *m*, a chumhachd, *n* a naomhachd, *o* cheartas, a mhaitheas, agus fhirinn. *p*.

*f* Eoin iv. 24. Is Spiorad Dia, agus is èigin d'a luch aoraidh, aoradh a dheanamh dha an Spiorad agus am rinn.

*g* Job. xi. 7. An comasach * thu trid rannsacha D fhaighail † a'mach ? an ura! thu an Uille-chumh fhac dach fhaighail a mach gu h-iomlan.

*h* Salm xc. 2. O bhith bhuantachd gu bith-bhuantac is tusa Dia.

*i* Seum. i. 17. Athair na soilse, maille ris nach' atharrachadh, no sgàile tionndaidh.

*l* Exod. iii. 14. Agus thubhairt Dia re Maois, MIAN TI A'S MI: agus thubhairt e, Mar so th hu re cloinn Israeil, Chur IS MI mise d'ar n ionnsuidh

* urrain. † fhaotainn.

*m* Salm cxlvii. 5. Is mor ar Tighearn, agus is mor a chumhachd; tha thuigse* gun Tomhas.

*n* Taisb. iv. 8. Is naomha, naomha, naomha, an Tighearn Dia uile-chumhachdach, a bha, a't̨a, agus a bhitheas.

*o* Taisb. xv. 4. Co air nach biodh eagal romhad, O Thighearn, agus nach d' thugadh glōir do t' ainm? oir is tusa mháin a ta naomha.

*p* Exod. xxxiv. 6. An Tighearna, an Tighearna, Dia, ochdmhor agus gràsmhor, fad-f hulangach, agus pailt ann an tròcair agus ' am firinn. Earran 7. A' gleidheadh tròcair do mhìltibh, a' maitheamh aing eachd agus eusamtais, agus peacaidh, agus nachsaor air aon dòigh an cionntach.

5 C. *Am bheil tuille Dee ann ach a h-aon?*

*F.* Ni bheil ach a h-aon amhàín, *r*, an Dia beo fir. *s*.

*r* Deut. vi. 4. Eisd O Israel, An Tighearn ar Dia-ne aon Tighearn e.

*s* Jer. x. 10. Ach is e an Tighearn, an Dia fior, an Dia beo, agus an Riogh bith-bhuan.

6 C. *C' a lion pearsa a ta san Diadheachd?*

*F.* Ata tri pearsa san Diadhachd, an t' Athair am Mac, agus an Spiorad-naomh *t*, agus, an triairsa is aon Dia iad ionnan ann a' natur, coimh-meas ann an cumhachd, agus ann an glòir. *u*.

*t* Matt. xxviii. 19. Uime sin imichibhse agus deanaibh deisciobuill do gach uile chinneach, 'gam baisteadh ann an ainm an Athar, agus a Mhic, agus an Spiorad-naomh.

*u* 1 Eoin v. 7. Oir tha triuir a tha deanamh fianuis air neamh, an t' Athair, am Focal, agus an Spiorad naomh, agus an triuir sin is aon iad.

7 C. *Creud iad orduighe De?*

*F.* Is iad, orduighe De a run-siorruidh, do reir chomhairle a thoille, leis an d' orduigh e ro'-laimh air son a ghloire fein, gach ni thig gu crioch. *a*.

*a* Eph. i. 11. Air dhuinn bhi air ar reimh orduchadh do reir rìun an ti a ta ' goibreachadh nan uile nithe reir co-

* no chiall.

imhairle a thoile fein; earran 12. Ionnas gu 'm bithe
maidne chum cliu a ghloire san.

8 C. *Cionnas ata Dia ag cur orduighe an gniomh*

*F.* Ata Dia ag cur orduighe ann 'n gniomh ann
oibribh an Chruthaigh, agus an Fhreasdail *b.*

*b* Iaisb iv. 11. Chruthaich thu na h-uile nithe, agus
son do thoile-sa tha iad, agus chruthaicheadh iad.

Dan. iv. 35. Tha e deanadh reir a ruin ann an armai
'neamh, agus a measg luchd àiteachadh an' Talaimh.

9 C. *Creud is obuir an Chruthaich ann?*

*F.* Is obair an Chruithaich, Dia do dheanadh na
uile nithe do neimhni *c*, le Focal a Chumhachd
am feadh, se laethe, agus iad uile ra-mhaith *e.*

*c* Gen. i. 1. 'San toiseach chruithaich Dia na nea
han agus an talamh.

*d* Eabh xi 3. Tre chreidimh tha sinn a ' tuigsinn gu
do chruthaicheadh na saoghail tre f hocal De, air chor
nach do rinneadh na nithe a chithear do nithibh a bha
am faicinn.

*e* Gen. i. 31. Agus chunnaic Dia gach ni a rinn e,
gus feuch, bha e ro mhath. Agus b' iad am feasgar ag
a' mhadainn an Seathadh là.

10 C. *Cionnas do chruthaich Dia an Duine?*

*F.* Do chruthaich Dia an Duine, Fear agus Bea
do reir Iomhaigh fein *f*, ann an eolas, Firinnteach
Naomhachd *g*, le uachdranachd os-cinn nan Creatu
ribh: *h.*

*f* Gen. i 27. Agus chruthaich Dia an duine '
dhealbh fein, ann an dealbh Dhe chruthaich se e: fear ag
bean chruthaich e iad.

*g* Col. iii. 10. Agus gun do chuir sibh umaibh
Duine nuadh, a tha air ath-nuadhachadh ann an eolas,
reir iomhaigh an ti a chruthaich e.

*h* Eph. iv. 24. Agus gun cuir sibh umaibh an nua-
dhuine, tha air a chruthachadh a reir Dhè am fireantac
agus am fior naomhachd.

*i* Gen. i. 28. Agus bheannaich Dia iad, agus thub
airt Dia riu', Siolaichibh, agus fasaibh lionmhor, ag

lìonaibh an talamh; agus ceann saichibh e; agus biodh uachdranachd agaibh os-cionn èisg na mara, agus os-cionn eunlaith nan speur, agus os cionn gach ni beò a ghluaiseas air an talamh.

11 C. *Creud iad oibridh-freasdail De?*

*F* Is iad oibrīdh Freasdail De, gu bheil e ag coimhid, agus ag Riaghladh nan uile Chreatuiribh, le 'n uile Ghniomharaibh, gu ro naomha *m*, gu ro-ghlic, agus gu ro chumhachdach *o*.

*m* Salm. cxlv. 17. Tha an Tighearn ceàrt ann na uile Shlighidh, agus naomha ann na uile oibridh.

*n* Isa. xxviii. 29. Tha so mar an ceudna teachd a'mach o' Thighearn nan sluaigh, Tha iongantach ann an Coimhairle agus oridheirc ann an oibribh *.

*o* Eabh. i. 3. A'cumaīl suas nan uile nithe le focal a chumhachd.

*p* Salm ciii. 19. Tha Rioghachd a riaghladh os cionn nan uile. Matt. x. 29. Nach ' eil dà ghealbhonn air an reiceadh air f heoirling? agus cha tuit a haon diubh air an talamh as eugmhais freasdail bhur n Atharsa.

12 C. *Creud e an gniomh araid Freasdail do rinn Dia do thaobh an Duine san staid ann do chruthaicheadh e?*

*F.* An t' àm do Chruthaich Dia an duine, rinn se Coi-cheangal beatha ris, ag iarruidh umhlachd iomlan air mar Chumhnant *r*, agus ag toirmisg Dha ni air bith ithe do Chraoibh Eolais maith agus uilc fuidh Phein a Bhais *s*.

*r* Gal. iii. 12. Agus cha n' eil an lagh o chreidimh; ach, An duine a ni iad gheibh e beatha annta.

*s* Gen. ii. 17. Ach do chraoibh an eolais mhaith agus uilc, cha' n ith thu dh' i sin; oir anns an là dh' itheas tu dhith, gu cinteach bàsaichidh tu.

13 C. *An d' fhan air cead sinsir ann san chead staid ann do Chruthaicheadh iad?*

*F.* Air bhith d' ar cead-sinsiribh air am fagail gu saorsa an toile' fein, do thuit iad o' n staid ann do chruthaicheadh iad le peaca an' aighaidh Dhe *t*.

* Gniomh.

*t* Eccl. vii. 29. Rinn Dia Duine ann an staid ionraic ach dh' iarr * iad a mach moran innleachdaibh.

14 C. *Creud e peacadh?*

*F.* Is e peacadh briseadh lagh Dhe *u*.

*u* 1 Eoin iii. 4. Ge b' e neach a ni peacadh, tha e mar an ceudna a' briseadh an lagha: oir is e am peacadh briseadh an lagha.

15 C. *Cia e an peacadh leis an do thuit air ceadsinsir o'n staid ann do chruthaicheadh iad?*

*F.* B' e am peacaidh leis an do thuit air ceadsinsir o' n ſtaid ann do chruthaicheadh iad gu d' ith siad am meas-toirmisgt' *a*.

*a* Gen. iii. 6. Agus chunnaic a' bhean gu'n robh a' chraobh math a chum bìdh, agus gun robh i taitneach do'n t' sùil, agus na craobh r' a miannachadh a dheanamh neach glic; agus ghabh i d' a meas agus dh' ith i, agus thug i mar an ceudna d' a fear maille ria agus dh' ith e. Ear 7. Agus dh' fhosgladh an suille le chèile agus dh' aithnich iad gu robh iad lom-nochd. Ear 8. Agus dh' fholaich Adhamh agus a bhean iad fein o ghnùis an Tighearna De am measg chraobh a ghàraidh.

16 C. *An do thuit an cinneadh-daonna uile ann an cead pheacadh Adhamh?*

*F.* O do bhith an coi'-cheangal air na dheanadh re Adhamh, ni amhain air a shon fein', ach ar-son a shliochd *b*; Uime sin, an Cinneadh-daona uile do thanaic anuas uaidh, tre geinnilleacha gnathaicht', do pheacaich iad ann-san, agus do thuit iad maille ris ann-san chead-seachran *c*.

*b* Gen. 28, Agus bheannaich Dia iad, agus thubhairt Dia riu, Siolaichibh, agus fàsaibh lionmhor, agus lionaibh an talamh. Gen. ii. 16. Agus dh' àithn an Tighearna Dia d' on duine, ag ràdh, Do gach uile chraobh 'sa ghàradh feudaidh tu itheadh gu saor: Earran 17. Ach do chraobh an eolais mhaith agus uilc, cha 'n ith thu dh' i sin, oir anns an là dh' itheas tu dhith, gu cinnteach bàsaichidh tu.

*c* Rom. v. 18. Uime sin mar trìd aon chionta † a thanaig

* Rinnsuich. † Cionta aon Duine.

reitheanas air na h-uile dhaoinibh chum ditidh.

17 C. *Creud i an staid ann d tug an leagadh udan inneadh-daona ?*

*F.* Do thug an leagadh ùd an cinneadh daona, gu taid peacaidh, agus truaigh *d*.

*d* Rom. v. 12. Uimè sin mar a thainig peacadh a steach do 'n t-saoghal tre aon duine, agus bas tre 'n pheacadh; nar sin mar an ceudna thanaig bas air na h uile dhaonibh, o bhrigh gu 'n do pheacaich iad uile.

18 C. *Creud e peacadh na staid sin ann do thuit an uine?*

*F.* Trid an leagidh ud, ata an duine fuidh chionna chead-pheacaidh Adhamh *e*, fuidh easbhuidh na ceud f hirinteachd *f*, fuidh thruailleachd a natuir gu h-omlan (d' on goirrear gu cotchean peacadh-gein *g*) gus fuidh gach uille pheacad h-gniomh ata ag ginntin aidhe sin *h*.

*e* Rom. v 19. Oir mar trid eas-umhlachd aon duine a inneadh moran 'nam peacachaibh.

*f* Rom. iii. 10. Cha ' neil ionracan ann, cha'neil fiu a -aon.

*g* Eph. ii. 1. Agus bheothaich'e sibhse a bha marbh ann n eu-ceartaibh agus ann am peacaibh. Salm li. 5. Feuch ha mi air mo a dhealbh ann an eu-ceartaibh, agus ann am eacadh ghabh mo mhàthair mi na broinn.

*h* Matt. xv. 19. Oir is ann as a' chridhe thig droch nuainte, mortadh, adhaltrannas, striopachas, gadnighichd, fianuis bhreige, toibheum, Earran 20. Is iad so a nithe a shaluicheas an duine.

19 C. *Creud i truaghe na staid sin ann do thuit an uine ?*

*F* Trid an leagaidh ud, do chail an cinneadh-daona uile an co' chommunn re Dia *i*, ataid fuidh f heirg gus mhallacha dhe *l*, agus mar sin, ataid fuidh gach le thruaighe san bheathuidhs' fo 'n bhas fein, agus uidh phiantaibh ifrionn gu sior-ruidhe *m*.

*i* Gen. iii. 8. dh' fholaich Adhamh agus a bhean iad

fein o ghnuis an Tighearna De am measg chraobh a' gh-
raidh. Earran 24. Agus dh' f hògair e mach an duine.

*l* Eph ii. 3. Agus bha sinn a thaobh naduir' nar cloin
na feirge, cadhon mar chàch. Gal. iii. 10. Is malluic-
te gach neach nach buanich * anns na h-uile nithibh a'
scriobhta ann an leabhar an lagha chum an deanamh.

*m* Rom. vi. 23. Oir is e tuarasdal a pheacaidh am bà
Matt. xxv. 41. An sin a deir e riusan mar an ceudna air a
laimh chli, Imichibh uam dh' ionnsuidh an teinne shio-
ruidh, a dh' ulluicheadh do 'n diabhal agus d'a ainglibh

20 C. *An d' f hàg Dia an cinneadh-daona uile a b-
cailte ann an staid peacaidh agus truaigh?*

*F.* Air tagha do Dhia da ghean maith fein, roim
thoiseach an t-saoghal, cuid eigin do na daoine chu
na beatha-shuithain *n*, do rinn e co'-cheangal-grà
riu, d' an saoradh O staid a pheacaidh, agus na tru-
aighe, agus d'an toirt gu staid slanuighe trid Fear-sa-
ruidh *o*.

*n* Eph. i. 4. A reir mar a thagh e sinne anns an, m
do leagadh bunaite an domhain.

*o* Rom. iii. 21. Aach a nis tha fireantachd Dhe air
foillseachadh as eugmhais an lagha, a faotin fianuis o'n lag
agus o na Faidhibh. Earran 22. Eadhon fireantach
Dhe tre chreidimh Iosa Criosd, do na h-uile, agus air
h-uile a chreideas.

21 C. *Cia e is Fear-saoruidh do phobull taghta De?*

*F.* Is e is aon Fear-saoruidh do phobull taghta D
an Tighearna Iosa Criosd *p*, amhain, neach air bhi
dha na Mhac-siorruidh do Dhia, do rinneadh e
dhuine *r* agus mar sin ata e ag fantuin na Dhia agus
dhuine, ann an da natur eidir dhealuicht agus ann a
aon phearsa *s* am feasd. *t*.

*p* 1 Tim. ii. 5. Oir is aon Dia ata ann, agus aon ea
ir-mheadhonair eadar Dia agus Daoine, an Duine Io
Criosd.

*r* Eoin i. 14. Agus rinneadh am focal na f heòil ag
ghabh e comhnuidh' nar measgne.

* Fan.

*s* Rom. ix. 5. Dam buin na h-aithriche, agus o'm bheil Criosd a thaobh na feòla, beannuichte gu sìorruidh, *Amen.*

*t* Eabh vii. 24. Ach an Duine so, do bhrigh gu mair e gu siorrruidh, tha sagartachd neo-chaochluidheach aige.

22 C. *Air bhith do Chriosd na Mhac do Dhia cionnas rinneadh e na Dhuine?*

F. Rinneadh Criosd Mac Dhe na Dhuine, le Corp fior *u*, agus anam reusanta a ghabhail chuige fein *a*, air bhith dha le cumhachd an Spioraid naoimh air 'a ghabhail ann am broinn Mhuirre na h-Oighe, agus air a bhreith le *b*, gidheagh as eugmhais peacaidh *c*.

*u* Eabh ii. 14. Uime sin, mheud gu bheil aig a 'chloinn comh-roinn do fheoil agus do fhuil, ghabh esan mar an ceudna roinn duibh sin.

*a* Matt. xxvi. 38. An sin a deir e riu, Ata manam ro-bhrònach, eadhon gu bàs.

*b* Lucas i. 31. Agus feuch, gabhaidh tu a' d' bhroinn, agus beirridh tu mac, agus bheir thu Iosa mar ainm air. Earran 35. Thig an Spiorad naomh ort, agus cuiridh cumhachd an Ti a's airde sgàil ort.

*c* Eabh vii. 26. Oir bha shamhail sin do ard shagart iomchuidh dhuinne, a bha naomha, neo-lochdach, neo-thruaillidh, air a dhealachadh * o pheacachaidh.

23 C. *Cia iad na h-oifigibh ata Criosd ag cur an gniomh mar air Fear-Saoruidhne?*

F. Ata Criosd mar ar Fear-Saoruidhne ag cur ann' gniomh Oifigibh Faidh *d*, Sagairt *e*, agus Riogh *f*, araon, ann an staid an Irisliche, agus an Arduiche.

*d* Gniomh. iii. 22. Oir gu firinneach a dubhairt Maois ris na h-aithrichibh, Togaidh an Tighnarn bhur Dia suas faidh dhuibh d' ar braithribh, mar mise; risan eisdidh sibh anns na h-uile nithibh a labhras e ribh.

*e* Eabh. v. 6. Is Sagart thu gu siorruidh a rèir orduigh Mhelchisedec.

*f* Salm. Gidheadh shuidhich † mi mo Riogh air Sion mo chnoc naomh.

24 C. *Cionnas ata Criosd ag cur Oifig Faidh ann an gniomh?*

* Asgaradh. † Chuir me na shuidhe, shocraich.

*F.* Ata Criosd ag cur Oifig Faidh ann an gniomh, a an toil De chum air Slanuighe fhoillseacha dhuinn le na Fhocal *h*, agus le na Spiorad *i*.

*g* Eoin i. 18. Cha 'n fhaca neach air bith Dia riam an t-aonghin Mic, a ta ann an uchd an Athar, is esan a c fhoillsich e.

*h* Eoin xx. 31. Tha iad so scriobhta, chum gu' n crei eadh sibh gur e Iosa an Criosd Mac Dhe, agus aig crei sinn duibh, gu'm biodh agaibh beatha trid ainmsin.

*i* Eoin xiv. 26. An Comh fhurtair an Spiorad naom a chuireas an t-Athair uaith a' m' ainmse, teagaisgidh san duibh na h uile nithe.

25 C. *Cionnas ata Criosd ag cur Oifig Sagairt a an gniomh.*

*F.* Ata Criosd ag cur Oifig Sagairt ann gniom ann e-fein a thabhairt suas aon uair na iobairt a dhi ladh Ceartais De *l*; agus a dheanadh air reitigh Dia *m*, ann gnath-eidir-ghuidhe a dheanadh air a soinne *n*.

*l* Eabh. ix. 28. Thugadh Criosd suas aon uair a thoi air falbh peacaidh mhorain.

*m* Eabh. ii. 17. B-fheumail da anns na h uile nithib bhi air a dheanamh cosmhuil r' a bhraithribh, chum gu ' biodh e' na ard shagairt trocaireach agus dìleas ann a nithibh a thaobh Dhé, chum rèite dheanamh air son phe cann a an t-sluaigh.

*n* Eabh. vii. 25. Tha e mar an ceudna comasach air a droing a thig a dh' ionnsuidh Dhe tridsan a shlanuchad gus a chuid a' s faide * do bhrigh gu bheil e beo gu sio ruidh gu eadar ghuidhe dheanamh air an son.

26 C. *Cionnas ata Criosd ag cur Oifig Riogh ann a gniomh?*

*F.* Ata Criosd ag cur Oifig Riogh ann an gniomh le sinne a cheannsacha dha fein *o*, a riaghladh, agu a sheasamh *p*, agus le cosg a chur air na h-uile i naimhde dhasan agus dhuinne *r*.

* Gu-h-iomlan, gu siorruidh.

*o* Salm cx. 3. Bithidh do phobull deònach * ann anlà o chumhachd.

*p* Isa. xxxiii. 22. Is e an Tighearna ar Breitheamh, Is an Tighearna ar Fear thabhairt lagha, † Is e an Tighearna ar Riogh, agus sàbhoilidh e sinne‡

*r* 1 Cor. xv. 25. Oir is èigin gu 'n rioghaich e, gus n cuir e a naimhdean uile fa chosaibh.

27 C. *Cia iad na nithe an' roibh Criosd air Irisleacha ?*

*F.* Bha Criosd air na Irisleacha ann a bhith air a bhreith, agus sin ann an staid ìseal, *s*, air a dheanadh fo 'n Lagh *t*, ag dol fo gach truaighe na beath'sa, *u* fo fheirg Dhe, *a* agus fo bhàs malluichte na croise, || *b*, ann 'a bhith air na adhlacadh, agus ag fuireachd fo chumhachd an bhais re seal *c*.

*s* Lucas ii. 7. Agus rug i a ceud-ghin mic, agus phaisg e am brat-speilidh, agus chuir i na luidhe am prasaich e.

*t* Gal. iv. 4. Chuir Dia a Mhac fein uaith a ghinneadh mhnaoi, a rinneadh fuidh 'n lagh.

*u* Isa. liii. 3. Air a dhi-measadh agus gun bhi air mheas ann an àireamh dhaoine 'na dhuine dhoilghiosan, agus Cleachdta ri bròn.

*a* Mata. xxvii. 46. Agus mu thiomchioll na naodhadh uaire dh' eigh Iosa le guth ard, ag radh, Mo Dhia, Mo Dhia, c' ar son a thrèig thu mi.

*b* Phil. ii. 8. Dh' irioslaich se e fein, agus bha e ùmhal gu bàs, eadhon bàs a chroinn-cheusaidh.

*c.* Mata. xii. 40. Oir mar a bha Ionas ambroin na muice-mara tri laithean agus tri oidhchean ; is ann mar sin bhitheas Mac an Duine ann an cridhe na talmhain tri laithean agus tri oidhchean.

28 C. *Cia iad na nithe ann a' roibh Criosd air na Ardacha ?*

*F.* Bha Criosd air na Ardacha ann na aisheirigh o na Marbhaidh air an treas la *d*, ann na dholl suas

* toilleach. † fear-reachd. ‡ ni e ar tearnadh. || A Chroinn-cheusaidh.

air Neamh, ann na shuidhe air deas-laiml. Dh Athair *e*, agus ann na theachd do thabhairt brei amhnas air an t-shaoghal ann san la-dheirreanach

*d* 1 Cor. xv. 4. Agus gu 'n d' adhlaiceadh e, agus 'n d' eirich e a rìs air an treas la a rèir nan scriobtuir r

*e* Mark xvi. 19. Mar sin an dèigh do 'n Tighearna hairt riu, ghabhadh suas gu neamh e, agus shuidh e air as laimh Dhè.

*f* Gniomh. xvii. 31. Do bhrigh gu 'n do shuidhic la anns an toir e breth air an t-saoghal am fireantachd, 'n duine sin a dhorduich e; agus air so thug e dearbh do 'na h-uile dhaoine, le esan a thogail suas o na marbhai

29 C. *Cionnas a ta sinn air 'nar deanadh ann 'r luchd Co'-pairt d' on t-saoirse do choisin Criosd?*

*F.* Ata sinn air 'nar deanadbh ann 'nar luchd C pairt d' t-soirse do choisin Criosd, leis an t-saoirse a chur rinne gu heifeachdach *g* le na Spiorad naom san *h*.

*g* Eoin i. 12. A mheud' sa ghabh ris, thug e dho cumhachd a bhi' nan cloinn do Dhia.

*h* Tit. iii. 5. Cha-'n ann o oibribh fireantachd, a ri sinne, ach a rèir a thròcair fein shaor e sinn tre ionnlad h-athghineamhuin, agus ath-nuadhachadh an Spioraid na imh. Earran 6. Adhòirt e oirnne gu saibhir, trìd Io Criosd ar Slànuighir.

30 C. *Cionnas ata an Spiorad ag cur rinne na saor sin do choisin Criosd?*

*F.* Ata an Spiorad ag cur rinne na saoirse sin d choisin Criosd, le Creideamh oibreacha ionnain *i*, le an bheil se 'gar Coi-cheangal re Criosd ann air Gairn eifeachdach *l*.

*i* Eph. ii. 8. Oir is ann le gràs a ta sibh air bhur slà uchadh, tre chreidimh; agus cha 'n ann uaibh fein is e s or-thabhartas Dhe e.

*l* Eph. iii. 17. Ionnas gu 'n gabh Criosd comhnuic ann bhur cridhe tre chreidimh, &c.

*l* 1 Cor. 1. 9. Tha Dia firinneach, leis an do ghairmead

ibh chum comh-chomuin a mhic Iosa Criosd ar Tighearna.

31 C. *Creud is Gairm eifeachdach ann ?*

*F.* Is Gairm eifeachdach ann, obair Spiorad De *m*, eis an bheil se 'gar fagail ris ionnain fein am peaa, agus truaighe *n*, ag Soilseacha air nintinneadh ann n eolas Chriosd *o*, ag ath-nuadhacha air toille *p*, agus ir a lorg sin' gar deanabh deonach agus comasach air osa Criosd a dhlu-ghabhail chugain, mar ata se air a thairgsa dhuinn' gu saor anns an t soisguil *r*.

*m* 2 Tim. i. 9. A shaor sinne, agus a ghairm sinn le airm naomha.

*n* Gniomh. ii. 37. A nis an, uair a chual iad so, bha d air am bioradh' nan cridhe, agus a dubhairt iad re Peaar, agus ris a' chuid eile do na h-abstolaibh, Fheara agus bhraithre, ciod a' ni sinn.

*o* Gniomh. xxvi. 18. Adh' fhosgladh an súl, chum gu onndaidh iad o dhorchadas gu solus, agus o chumhachd atain gu Dia.

*p* Esec. xxxvi. 26. Bheir mise an cridhe clochach as ur feoil, agus bheir mi dhuibh cridhe feola.

*r* Eoin vi. 44. Cha 'n urradh neach air bith teachd am' nsuidhse, mur tarruing an t-Athair a chuir uaith mise e. rran 45. Gach neach a chuala, agus a dh' fhoghlium 1 Athair, thig e m' ionnsuidhse.

32 C. *Cia iad na sochair ata an droing ata air na 'n irm gu h-Eifeachdach ag faighail ann sa' bheathus' ?*

*F.* Is iad na sochair ata an droing sin ag faighail ann bheathuidh s', Firinneacha *s*, Uchdmhacachd *t*, is Naomhacha, agus gach uile Shochair ata ag sruigh uatha ann sa' bheathuidh s' *u*.

Rom. viii. 30. Agus an dream a reimh-orduich e, irm e iad mar an ceudna; agus an dream a ghairm e, dh' eanaich e mar an ceudna; agus an dream a dh' fhireana- e, ghloraich e mar an ceudna.

Eph. i. 5. Aroimh-orduich sinne chum uchd-mhacachd oinne tre Iosa Criosd dha fein.

*u* 1 Cor. i. 30. Uaithesan ata sibhse ann an Iosa Crio-neach a rinneadh dhuinne le Dia 'na ghliocas, 'na fhìre-tachd, 'na naomhachd, agus 'na shaorsa.

33 C. *Creud is Firineacha ann?*

*F.* Is e Firinneacha gniomh saor ghràsa De, leis bheil e ag maitheamh dhuinn air 'n-uile pheacaidh agus a' gabhail rinne mar Fhirinnibh ann na f hian fein *b*, agus sin amhain ar-son Firinnteachd Chri-air na mheas dhuinne *c*, agus air a ghabhail chug le Creidimh amhain *d*.

*a* Eph. i. 7. Anns am bheil againne saorsa tre fl-san, maitheanas nam peacadh, rèir saibhreis aghràis.

*b* 2 Cor. v. 21. Oir rinn se esan da nach b' aithne p-cadh, 'na iobairt pheacaidh air ar soinne; chum gu bith-maid air ar deanamh' nar fireantachd Dhè annsan.

*c* Rom. v. 19. Oir mar trid eas-umhlachd aon dui a rinneadh moran 'nam peacachaibh, is amhail sin umhlachd aon Duinne a nithear moran 'nam fireanaibh.

*d* Gal. ii. 16. Fios a bhi againn nach 'eil duine f hìreanachadh o oibribh an lagha, ach tre chreidimh I-Criosd, chreid sinne-fein ann an Iosa Criosd; chum gu thеamaid air ar fireanachadh o chreidimh Chriosd.

34 C. *Creud is Uchd mhacachd ann?*

*F.* Is i an Uchd-mhacachd, gniomh saor ghr-De *e*, leis am bheil sinn air ar gabhail ann an airea-Chloinne De, agus leis am bheil coir againn air g-uile Shochairibh, agus urram a bhuinneas doibh *f*.

*e* 1 Eoin iii. 1. Feuchaibh ciod a' ghne gràidh a t-an t-Athair dhuinne, gun goirteadh clann Dhe dhinn.

*f* Eoin i. 12. Amheud 's a ghabh ris, thug e dh-cumhachd a bhi 'nan cloinn do Dhia, eadhon dhoibhs-ta creidsinn 'na ainm. Rom viii. 17. Agus ma's cl-is oighreachan; oighreachan air Dia agus comh oighreac-maille re Criosd.

35 C. *Creud is Naomhacha ann?*

*F.* An Naomhacha is obair saor ghrasa De e *g*, am bheil sinn air ar 'n ath-nuadhacha san Duine h-iomlan do reir Iomhaigh Dhe * *h*, agus air ar de-

* Fioghrach Dhe.

dh comasach ni is mo, agus ni is mo, chum basacha o pheacadh, agus chum bhi beo do 'n Fhirinn-achd *i*.

*g* 2 Tesal. ii. 13. Thagh Dia ò thùs sibh chum slàinte, e naomhachadh an Spioraid.

*h* Eph. iv. 24. Agus gu 'n cuir sibh umaibh annuadh uine, a tha air a chruthachadh a rèir Dhè am firean-chd agus am fior naomhachd.

*i* Rom. viii. 1. Air an aobhar sin cha 'neil a nis dīt-dh sam bith do 'n dream sin a tha ann an Iosa Criosd, a a gluasad ni h-ann a reir na feōla, ach a reir an Spioraid.

36 C. *Creud iad na Sochair ata anns an bheathnidh s' n' a Co'-chuideachd, no ag sruthagh o'n Fhirinneacha, Uchd-mhacachd, agus o'n Naomhacha ?*

*F.* Is iad na Sochair ata sa' bheathuidh s' ann an Co'-uideachd na ag Sruthagh uatha sin, dearbh-bheachd Gràdh Dhe *l*, Siothchaint Coguis, aoibhneas anns Spiorad-naomh fas ann an Gràsa *m*, agus buan-airreachdinn ann, gu teachd na criche deir-rean-ch *n*.

Rom. v. 1. Uime sin air dhuinne bhith air ar firean-adh tre creidimh, tha sīth againn re Dia, trid ar hearna Iosa Criosd. Earran 2. Tre 'm bheil againn an ceudna slighe tre chreidimh chum a ghràis so anns bheil sinn 'nar seasamh, agus ata sinn a deanamh gairde-ais an dòchas gloire Dhe. Earran 5. Agus cha nār-an dòchas, do bhrigh gu bheil grādh Dhè air a dhòr-amach ann ar cridheachaibh, tre 'n Spiorad naomh a gadh dhuinne.

Sean fhocal. iv. 18. Tha ceum am Fhirean mar an s dealrach, ata dealradh ni 'smo, agus ni 'smo, 'gus an oirfe *.

1 Eoin v. 13. Na nithe so scriobh mi d' ar n-ionn a tha creidsinn ann an ainm Mic Dhe ; chum gu 'm os agaibh gn bheil a bheatha mhaireannach agaibh.

7 C. *Creud iad na Soebair ata na Creidmhich ag ail O Chriosd re h-am bais ?*

* Meadhon la.

*F.* Ata Anamanna nan Creidmhich re h-am am bà[is] a'r an deanadh foirfe ann a Naomhachd *o*, agus a[ir] ball ataid ag doll chum Gloire *p*, agus air bhith do Corpaibh Sior-cheangailt re Criosd *r*, ni iad com[h-] nuidh ann n'an Uaighibh *s* gu nuig an ais eirigh *t*.

*o* Eabh. xii. 23. Agus gu Spioradaibh nam firean a[ir] an deanamh foirfe.

*p* Phil. i. 23. Air dhomh bhi togarach air siubhal, [a]gus bhi maille re Criosd.

*r* 1 Teasal. iv. 14. Mar an ceudna an droing a cho[dail] ann an Iosa, bheir Dia maille ris.

*s* Isa. lvii. 2. Siubhlaidh e ann an sith, gabhaidh e[ad] is 'na leabuidh eadhon an duine foirfidh, esan ata 'g imeac[hd] anns an t-slighe dhirich.

*t* Iob xix. 26. Agus an deigh mo chroicinn, ge mhill * na durragaibh † an corp so, gidheadh ann 'm f[e]oil chi mi Dia.

38 C. *Creud iad na Sochair ata na Creidmhich [a'] faigha'l O Chriosd anns an ais-eiriigh?*

*F.* Anns an ais-eirigh, air bhi do na Creidmhich an dusgadh as an Uaighibh ann an Gloir *u*, bith iad air an aithneacha gu follaiseach agus air an lan sh[aor]adh ann an la bhreitheamhais *a*, agus air an dean[amh] uile-bheannuichte ann an Dia lan-mhealtuin *b* gu S[io]ruidh *c*.

*u* 1 Cor. xv. 43. Cuirear e ' ann an easurram, t[ogar] ann an gloir e!

*a* Mata. x. 32. Uime sin ge be dh' aidicheas mise [ann] fianuis dhaoine, aidichibh mise esan mar an ceudna am[h]-nuis m' Athar ata air neamh..

*b* 1 Eoin iii. 2. 'Nuair a dh' fhoillsichear esan, bit[hidh] sinn cosmhuil ris; oir chi sinn e mar a ta e.

*c* 1 Tesal. iv. 17. Agus mar sin bithidh sinn gu [s]uidh Maille ris an Tighearn.

39 C. *Creud e an Dleasdanas ata Dia ag iar[ruidh] air an Duine?*

*F.* Is e an Dleasdanas ata Dia ag iarruidh a[ir] Duine, umhlachd da thoil ata air a foillseacha *d*.

* Sgrios. † Cnuimhe, Daoil,

*d* Mica. vi. 8. Dh' fheuch e dhuit, o Dhuine ciod a tha maith agus ciod a tha Jehobhah 'g earruidh ort ach ceartas a Dheanamh, trocair a ghradhachadh, gluasad gu h-iriosal maile ri d' Dhia.

40 C. *Creud i an Riaghail umhlachd a thug Dia do'n duine air thoiseach?*

*F.* Bi an riaghail umhlachd a thug Dia do'n duine air thoiseach, Lagh na Modhanaibh *e*.

*e* Rom. ii. 14. Oir an uair ata na Cinnich aig nach ' eil lagh, a thaobh nāduir a' deanamh nan nithe a ta san lagh, air dhoibhsan a bhi gun lagh tha iad 'nan lagh dhoibh fein. Earran 15. Muinntir a ta nochdadh obair an lagha scriobhta 'nan cridheachaibh.

41 C. *Cia e'n t aite am bheil Lagh na Modhannaibh air 'a chur sios gu h-aith-ghearr iomlan?*

*F.* Ata Lagh na Modhannaibh air 'a chur sios gu h-aith ghearr iomlan, anns na deich Aitheantaibh *f*.

*f* Deut. x. 4. Agus scriobh e air ua clāir a reir a' cheud sgriobhaidh na deich āitheantan. Mata. ix. 17. Ma's āill leat doll a steach chum na beatha gleidh * na h-aitheanta.

42 C *Creud is suim do na deich Aitheanta?*

*F.* Is i is Suim do na deich Aitheanta, an Tighearna ar Dia a ghradhacha le ar 'n uile 'Chridhe, le ar 'n uile Anam, le ar 'n uile Neart, agus le ar 'n uile Inntin, agus ar Coimhear snach do ghradhacha mar sinnfein *g*.

*g* Mata. xxii. 37. Grādhuichidh tu an Tighearn do Dhia le d' uile chridhe, agus le d' uile anam, agus le d' uile inntinn. Earran 38. 'Si so a' cheud āithne agus an āithne mhor. Earran 39. Agus is cosmhuil an dara rithe so, Gradhuichidh tu do choimhearsnach mar thu fein. Ear. 40. Air an dā āithne so tha 'n lagh uile, agus na fāidhean a crochadh.

43 C. *Creud is Reamh-radh do na deich Aitheantaibh?*

*F.* Ata Reamh-radh nan deich Aitheantaibh, air

* Comhaid.

'a chur sios anns na briathraibh s' (is mise an Tighear na do Dhia, a neach a thug thusa a Talamh na h-E iphte, agus a' Tighe na daorsa *h*.

*h* Ecsod. xx. 2.

44. C. *Creud ata Reamh-radh nan deich Aitheantaibh ag teagasg Dhuinne?*

*F.* Ata Reamh-radh nan deich Aitheantaibh ag teagasg dhuinne, do bhri gur e Dia is Tighearn ann agus gur e is Dia, agus is Fear-saoruidh dhuinne uime sin gu bheil a dh' fhiacha oirne uile Aitheantaibh-san do Choimhid *i*.

*i* Deut. xi. 1. Air an aobhar sin grādhaichidh tu 'n Tighearna do Dhia, agus gleidhidh tu a chùram, agus a reachdan, agus a bhreitheanais, agus āitheantan a ghnath. Lucas i. 74. Air dhuinn a bhi air ar saoradh o laimh ar naimhde, gu 'n deanamaid seirbhis dha as eugmhais eagail. Ear. 75. Ann an naomhachd agus ann am fireantachd 'n lāthair fein, uile laithean ar beatha.

45. C. *Cia i an chead Aithne?*

*F.* Is i an chead Aithne (na bith Dee eille agad ann am fhianaise.

46 C. *Creud ata air na iarruidh anns an chead Aithne?*

*F.* Ata an chead Aithne ag iarruidh, oirne, aithneacha *l*, agus aidmheil, gur e Dia amhain an fior Dhia, agus gur e air Diaine e *m*, agus sinne àdhradh agus Glòir do thabhairt Dha do reir-sin *n*.

*l* 1 Chron. xxviii. 9. Agus thusa a Sholaimh, mo Mhac aithnaich thusa Dia d' Athar.

*m* Deut. xxvi. 17. Rinn thu roghainn an diugh do 'n Tighearna gu bhi na Dhia dhuit, agus gu gluasad 'na shlighibh, agus gu reachdan a ghleidheadh, agus āitheantan agus a bhreitheanais, agus gu èisdeachd ra ghuth.

*n* Mata. iv. 10. Bheir thu aoradh do 'n Tighearna do Dhia, agus dhasan 'na aonar ni thu seirbhis.

47 C. *Creud ata air na thoirmisg, anns an chead Aithne?*

*F.* Ata an chead Aithne ag toirsmisg an Dia fior do sheanadh * *o*, no an t-aoradh, agus a Ghlòir a dhlighear Dha do leigeadh tharruinn *p* na'n tabhairt do aon neach eille *r*.

*o* Salm xiv. 1. A dubhairt an t-amadan na chridhe, cha' n 'eil Dia air bith ann Rom. i. 20. Ionnas gu bheil † iad gun lethsgeul aca. Ear. 21. Do bhrigh 'nair a b'-aithne dhoibh Dia, nach d' thug iad glòir dha mar Dhia.

*p* Salm. lxxxi. 11. Cha d' thug mo phobull eisdeachd do m' ghuth, is cha ghabhadh Israel rium.

*r* Rom. i. 25. Muinntir a chaochail firian De gu brèig, agus a thug aodhraidh agus a rinn seirbhis do 'n chreutair ni 's mo na do 'n Chruithear, a ta beannuichte gu siorruidh. *Amen.*

48 C. *Creud ata air na theagasg Dhuinne gu sonraicht' anns na briathraibh s' san chead Aithne (am f hianaise ?)*

*F.* Ata na briatharsa san chead Aithne (am f hianaise) ag teagasg dhuinne, gu bheil Dia a chi na h-uile nithe, ag tabhairt airre do'n pheacadh so, iodhon, Dia air bith eile a bhith againn, agus gu bheil se ro-dhiomach dheth *s*.

*s* Salm. xliv. 20. Ma's e gun do leig sinn as ar cuimhne Ainm ar Dia, no ma shīn sinn amach ar lamha gu dia coimheach breig. Earran 21. Nach rannsuich Dia so amach.

49 C. *Creud i an darra Aithne ?*

*F.* Is i an darra Aithne, (Na dean dhuit fein Iomhaigh ghrabhalta, no aon f hioghair nithe ata shuas air neamh, no air an Tallamh a bhos, no 'san uisge fo thallamh, na geilsa dhoibh, agus na dean seirbhis dhoibh, oir is mise an Tighearna do Dhia, is Dia eud mhor mi a leannas aingidheachd nan Atharacha air Cloinn gu nuige an tres no an ceathramh ceum no Glùngciniligh, air an droing a dh' f huaidhaichasmi, agus aig foilseachadh tròcair do mhiltibh do'n droing a ghradhaichea: mi agus a choimhdeas m' Aitheantan

* Aicheadh. † Chum gu biodh.

50 C. *Creud ata air iarruidh anns an dara Aithne?*

*F.* Ata an dara Aithne ag iarruidh, gach uile ghne aoraidh, agus orduighe Dhiadhaigh, do dh' iarr Di ann na Fhocal, a ghabhail chugain, a chumail again agus an coimhead gu glan-iomlan *t*.

*t* Deut. xxxii. 46. Socraichibh bhur cridhe air na focail uile air am bheil mise a toirt fiannais 'nar measg air a la 'n duigh, a chum gu 'n dean iad uile bhriathran an lagh so. * Mata. xxviii. 20. A teasgasg dhoibh gach uile nith a dh' àithn mise dhuibh a choimhead. Deut. xii. 32. Gach ni a tha mise ag āithneadh dhuibh, thugaibh an aire gu 'n dean sibh e: cha chuir thu ris, ni mo bheir thu ni sam bith uaith.

51 C. *Creud ata an dara àithne ag toirsmisg?*

*F.* Ata an dara àithne ag toirmisg, aoradh do Dhi trid Iomhaigh *u*, no air mhodh air bith eille, nach ' e orduichte ann ' a Fhocal fein *a*.

*u* Deut. iv. 15. Thugaibh uime sin an aire mhath dhuib fein (oir cha'n fhaca sibh gne coslais sambith anns an l air an do labhair an Tighearna ribh ann an Horeb.) Ea 16. air eagal gu 'n truaill sibh sibh fein, agus gu 'n dea sibh dhuibh fein dèalbh snaidhte.

*a* Col. ii. 18. Na mealladh aon neach bhur duais uaibh le irioslachd dheonach *, agus aoradh do ainglibh, a foi neadh a steach gu dana chum nan nithe nach fac e, gu d omhain air a shèideadh suas le inntin fheolmhor fein.

52 C. *Creud iad na Riascin ata ceangailte ris an dar aithne?*

*F.* Is iad na Riafoin ata ceangailte ris an dara àith ne, ard uachdranachd Dhe os ar cionn *b* an t-shealbh choir ata aige ionnuin *c*, an Gradh-laste agus eud a aige da aoradh fein *d*.

*b* Salm xcv. 2. Thigeamaid 'na fhiannis le buidheacha agus deanamaid ceòl † suilbhireach dha le salmaibh. Ea 3. Oir an Tighearna is Dia mor e, agus Righ mor os-cio nan uile dhia.

* Thoileil. † Togamaid ceol.

*c* Salm. xlv. 11. Oir is e do Thighearn agus dean thu-a aoradh dha.

*d* Ecsod. xxxiv. 14. Oir cha dean thu aoradh do Dhia sam bith eile; oir an Tighearna, d' an ainm Eudmhor, is Dia eudmhor e.

53 C. *Cia i an treas Aithne?*

*F.* Is i an treas Aithne (Na tabhair Ainm an Tigh-arna do Dhia ann diamhanas: oir ge b' e bheir ainm ann diamhanas ni'm bī e neimh chiontach ann am fianu-an Tighearna, no ni a meas an Tighearna neimh-chiontach e.

54 C. *Creud iarrar san treas Aithne?*

*F.* Ata an treas Aithne ' g-iarruidh, gnathacha na-mha urramach do dheanadh, air ainmibh *e*, Tiodo-bh *f*, Ordughe *g*, Briathraibh *h*, agus Oibribh he *i*.

*e* Salm. xxix. 2. Thugaibh do 'n Tighearna, a' ghlòir cubhaidh * d' a ainm.

*f* Taisb. xv. 3. Is mor, agus is iongantach t' oibre, a ighearn Dhe uile-chumhacdaich; is ceart agus fior do igheansa, a Righ nan naomh. Earran 4. Co air nach dh eagal romhad, O Thighearn, agus nach d' thugadh ir do t' ainm!

Eccl. v. 1. Gleidh † do chas 'n uair theid thu do gh Dhe, agus biodh ni 's ealamh gu eisdeachd, na bhi-as tu thabhairt ìobairt nan amadana.

Salm. cxxxviii. 2. Aoraidh mi thu, is m' aighaidh ri heampull naomh, agus molam t-ainm, arson do chaoim-s gràidh, agus ar son t'-fhirinn, oir dh' arduich thu iocal, os cionn t'ainm.

Iob xxxvi. 24. Cuimhnich gu 'n ārduich ‡ thu oba-n, ata Daoine faicinn.

5 C. *Creud ata air na thoirmisg san treas Aithne?*

. Ata an treas Aìthne ag toirmisg mi' naomhacha, ni' ghnathacha air bith a dheanadh air aon-ni leis bheil Dia ga fhoilseacha fein *l*.

Mal. ii. 2. Mur eisd sibh, agus mur cuir sibh an su-ha dligheach. † Cum coimhead. ‡ Gu mol, gu meudaich.

im i chum gloir a thoirt do m' ainm sa, deir Jehobhah D nan sluagh cuiridh mise eadhon mallachd oirbh.

56 C. *Cia e an Riason ata air a cheangal ris an tre Aithne?*

*F.* Is e an Riason ata air a cheangal ris an tre Aithne, ge gu feaduidh luchd briseadh na h-Aithn so dol saor o dhioghaltas do thaoibh Dhaoine, gi headh ni 'm fuilling an Tighearna air Diaine dhoit dol as O cheart bhreitheamhnas fein *m*.

*m* Deut. xxviii. 58. Mur d' thoir thu an aire uile bh athran an lagha so a dheanamh a tha sgriohhta 'san leabh so a chum gu 'm bi eagal an ainm ghlormhoir agus ua hasaich so ort, AN TIGHEARNA DO DHI. Ear. 59. An sin ni an Tighearna do phlaighean iong tach.

57 C. *Cia i an ceathramh Aithne?*

*F.* Is i an ceathramh Aithne (Cuimhnich la na S baid a choimhid naomha; ann se laithibh dean t-oba agus t-uile shaothair, ach is e an seachda la, Sabaid Tighearna do Dhia; na dean aon obair san la s thu fein, no do Mhac, no t Inghin, t-Oglach, no Bhan-Oglach; no t-ainmhidhe no do Choigreach an taobh a stigh do d' dhorsibh ; oir ann se laith rinn an Tighearna Neamh agus Tallamh, an Fhair agus gach ni ata ionnta, agus ghabh se comhnuidh seachda la; uime sin bheannuich an Tighearna la Sabaid, agus naomhaich se e.)

58 C. *Creud iarrar san cheathramh Aithne?*

*F.* Ata an ceathramh Aithne ag iarruidh, coimh naomha a dheanadh do Dhia air na tràthaibh suidhi te a dhorduich e ann na Fhocal, sonraichte aon l omlan do na seachd làithibh, chum a bhith na S baid naomha dha fein *n*.

*n* Lebhit xix. 30. Gleidhidh sibh mo Shabaidean, bheir sibh urram do m' ionad naomha: Is mise an Tigh na. Deut. v. 12. Coimhead lā na sabaid chum a na hachadh; mar a dh āithn an Tighearna do Dhia dhuit.

59 C. *Cia e an la do na seachd laithibh a dhorduich Dia bhith na Shabaid gach Seachduin?*

*F.* O thoiseach an t shaoghail a nuas gu nuig aiseirigh Chriosd dhorduich Dia an seachd a la bhi na Shabaid gach seachduin; *o* agus riamh O sin a leath, an cead la do'n t' sheachduin a dh' fhantain, agus a ghnathacha gu crioch * an Domhain chum a bhi na Shabaid do na Criosduibh *p*.

*o* Gen. ii. 3. Agus bheannaich Dia an seachdadh la, agus naomhaich se e; do bhri gur ann air a ghabh e fois o obair uile, a chruthaich Dia agus a rinn e.

*p* Gniomh. xx. 7. Agus an ceud la do 'n t-seachduin, air do na deisciobluibh cruinneachadh an ceann a chèile a bhriseadh arain, shearmonaich Pol doibh. Taisb. i. 10. Bha mi san Spiorad air la an Tighearna.

60 C *Cionnas as coir an t Sabaid a naomhacha?*

F. Is coir an t-Sabaid a naomhacha, le tamh naomha ghabhail re fad an la sin gu h-iomlan, agus sin fos o ghnothuichibh saoghalta O aighear agus sugradh ata ceaduichte air laithibh eille *r*, agus an uile aimsir sin a chaitheamh re oibribh Crabhuidh gu deamhair agus gu follais *s*, leath a muigh do 'n mhead is ata iomchuidh ri chaitheamh ri h-oibribh na h-èigin agus na trocair *t*.

*r* Leibhit. xxiii. 3. Sè laithean nìthear obair, ach 'san t-seachdamh là bithidh sabaid fois, co'-ghairm naomha, obair sam bith cha dean sibh air.

*s* Salm. xcii. 1. Salm. na Oran air son là na sabaid. Is maith bhi tabhairt buidheachais do 'n Tighearn, agus a seinn cliu do t-ainmsa, O Thí a' s airde. Earran 2. Bhi a' cur an ceill do chaoimhneas-grādhach anns an mhaduin, agus t fhirinn gach oidhche.

*t* Mata. xii. 11. Cia agaibhs' an duine, aig am bi aon chaora, agus ma thuitas i ann an slochd air la na sabaid, nach beir e oirre agus nach toge nīos i. Earran 12. Nach mòr mata is fearr duine na caora? Uime sin ata e ceaduichte maith a dheanamh air laithibh na sābaid.

* deirreadh.

61 C. *Creud ata air a thoirmisg san cheathram Aithne?*

*F.* Ata an ceathramh Aithne ag toirmisg mi-naom hacha na Sabaid le diamharas, agus neimhchuram an an oibribh an la sin *u*, no fos le smuaintibh, breath ribh, no gniomharaibh neimhfhèimeil *a*, tiomchio ghnothuicheadh Saolghalta, no re aigher agus Sù gradh *b*.

*u* Mala. I. 13. Thubhairt sibh fòs, Cia mor an sgi e? agus shèid sibh uaibh e; arsa Jehobhah Dia nan sluagh agus thug sibh (do m' ionnsuidh an ni bha) reubta; ag bacach, agus tinn; mar so thug sibh tabhartas: an gab mise o ar laimh e arsa Jehobha Dia nan sluagh?

*a* Esec. xxiii. 38. Thruaill iad m' ionad naomha air la sin fein, agus mhi naomhaich iad mo shābaidean.

*b* Isaiah lviii. 13. Ma chumas tu air a h-ais do chas c t sábaid; o d' thoil fein a dheanamh air mo la naomhas agus gun abair thu ris an t sabaid, Toil inntin; agus fcill naomha Jehobha, Urramach: agus gu toir thu on Dh'i, le fuireach air d' ais o d' ghnothach; o leantainn shòlais, agus o labhairt bhriathra diomhain.

62 C. *Cia iad na Riasoin ata ceangailte ris an cheat ramh Aithne?*

*F.* Is iad na Riasoin ata ceangailte ris an cheathran Aithne, Dia do bhith ag ceadacha dhuinne, sè laithe do'n t-sheachduin d'ar gnothuichibh fein *c*, agus a gradh còir àraid dha fein air an t seachda la *d*, Eisemplair a thug e fein uaidhe *e*, agus gu bheannaich e la na Sabaid *f*.

*c* Ecsod. xxxi. 15. Se laithean feudar obair a dhea amh, ach 'san t seachdamh ta sabaid fhois. Earran Uime sin coimhididh clann Israeil an t-sabaid.

*d* Lebhit. xxiii. 3. Se laithean nīthear obair, ach bair sambith cha dean sibh air an t-seachdamh là; is e baid an Tighearn e ' nar n-aitibh comhnuidh uile.

*e* Ecsod. xxxi. 17. Eadar mise agus clann Israe comhar' i a chaoidh'; oir ann an se laithean rinn an Ti

rna na neamhan agus an talamh, agus air an t seachdamh sguir e agus ghabh e fois.

*f* Gen. ii. 3. Agus bheannaich Dia an seachdamh la gus naomhaich se e.

63 C. *Cia i an cuigeadh Aithne?*

*F.* Is i an cuigeadh Aithne, (Tabhair onair do t-hair agus do d' mhathair: chum gu sinteadh do lai-ean air an Fhearran a bheir an Tighearna do Dhia uit.)

64 C. *Creud iarrar 'san chuigeadh Aithne?*

*F.* Ata an cuigeadh Aithne ag iarruidh, an onair chomhaid agus an dleasanas a choi'-lionadh, ata dh' iacha a thabhairt do gach aon neach a lorg an In-he, agus an daimh da-cheile faleth, mar ataid ann àirde *g*, no'n ìsle *h*, no ann a' Coi'-meas Inmhe *i*.

*g* Eph. v. 21. Air dhuidh bhìth ùmhal d' a cheile ann eagal Dè Earran 22. A mhnái, bithibh umhal d' ar aibh fein, mar do 'n Tighearn. Eph vi 1. A ann, bithibh ùmhal d' ar parantaibh fein san Tighear- Earran 5. A sheirbhiseacha, bithibh ùmhal d' ar ghstiribh a rèir na feola.

Rom. xiii. 1. Biobh gach anam ùmhal do na h-ard-mhachdaibh. Eph. vi. 9. Agus a mhaigh stirean, aibhse na nithe ceudna, air dhuibh fios a bhi agaibh, bheil bhur maighstir fein air neamh mar an ceudna.

Rom. xii. 10. Bithibh teo-chridhcach d' a cheile le-lh bráthaireil, ann an urram a toirt toisich gach aon dá le.

5 C. *Creud ata an cuigeadh Aithne ag toirmisg?*

. Ata an cuigeadh aithne ag toirmisg, ni air bith a inamh ata an aighaidh na h-onair, agus an dlea-s, a bhuineas do gach aon-neach a lorg an Inmhe, an daimh fa leath da cheile *l*.

Rom. xiii. 7. Air an aobhar sin thugaibh do gach ne-n dlighe fein: cáin dhasan d' an dlighear cáin, cìs an d' an dlighear cìs, eagal dhasan d' an dlighear e-g-gus urram dhasan d' an dlighear urram. Earran 8.

Na biodh fiacha sam bith oirbh, ach amhain a cheil ghradhacha.

66 C. *Creud an Riason ata ceangailt ris a chuigea Aithne?*

*F.* Is e an Riason ata ceangailt ris a' chuigea Aithne, gealladh air sonas, agus Saoghal fada do u luchd coimhead na h-Aithnesa, do reir mar thig le Gloir Dhe, agus a maith fein *m*.

*m* Eph. vi. 2. Thoir onair do t athair agus do d' m thair (is i so a' cheud áithne le gealladh.) Farran Chum gu 'n èirich gu maith dhuit, agus gu 'm bi thu f shaoghalach air an talamh.

67 C. *Cia i an Sèathadh Aithne?*

*F.* Is i an Sĕathadh Aithne (Na dean marbhadh.

68 C. *Creud iarrar 'san t-Séathadh Aithne?*

*F.* Ata an seathadh Aithne ag iarruidh gach dhicheall dligheach a dheanadh chum air n' an fein *n*, agus Anama dhaoine eile do choimhead *o*.

*n* Eph. v. 28. Is amhluidh sin is còir do na feara am mnái fein a ghradhachadh, mar an cuirp fèin. F 29. Oir cha d' thug duine air bith riamh fuath d' a f b fein; ach altrumaidh agus eiridnidh * e i.

*o* Salm lxxxii 3. Dion daoine bochd agus dilleachd Farran 4. Teagairg am bochd agus am feumanach †. xxix. 13. Thanaig ormsa a bheannachd san abha ullam bhith caillte.

69 C. *Creud ata air a thoirmisg san t-seat Aithne?*

*F* Ata an seathadh Aithne ag toirmisg, air 'n am a bhuinn asain fein *p*, no as air Cóimhearsa gu h-eaeoireach *r*; agus gach uile nithe a chuidai sin a dheanadh *s*.

*p* Gniomh. xvi. 28. Ach ghlaodh Pòl le guth árd radh, Na dean eron sam bith ort fein.

*u* Gen. ix. 6. Ge bè dhòirteas fuil duine, le dòirtear fhuilsan.

* Guillaidhidh † An tainnas.

s Sean-fhocail xxiv. 11. Ma 's e' sgu 'n diomhchuimhich thu an saoradh iadsan ata ar an tarruing a chum báis, ns iad-sin ata ullamh gu bhi ar am marbha. Earran 12, a their thu, feuch, cha beòl dhuinn e, nach tóir esand' aithne smuaintibh a chridhe os near e *.

70 C. *Cia i an seachdamh Aithne?*

F. Is i an Seachdamh Aithne (Na dean adhaltranas.)

71 C. *Creud iarrar san t seachdamh Aithne?*

F. Ata an Seachdamh Aithne ag iarruidh, coimid do bhi againn air ar Geanmnuigheachd fein *t*, a Geanmnuigheachd air Coimhear snaich *u*, ann air dhe *a*, ann ar Cainnt *b* agus ann ar Beusaibh *c*.

1 Tesal. iv. 4. Gu 'm b' aithne do gach aon neach aoh a shoithleach fein a shealbhachadh ann an naomhachd, s ann an onoir:

Eph. v. 11. Agus na bìodh cōmh-chomun agaibh re ribh neo-tharbhach an dorchadais, ach gu ma fearr leibh cronachadh. Earran 12. Oir is gráineil eadhon r' an seadh na nithe ata air an deanamh leo os iosal.

2 Tim. ii. 22. Teich uime sin o ana-mhiannaibh na ige; ach lean firinnteachd, Creidimh, grádh.

Col. iv. 6. Biodh bhur cómhradh a ghnáth ann an s †, air a dheanamh blasda le salann.

1 Phead. iii. 2. 'Nuair a bheachdaicheas iad air bhur headh-beatha gheanmnaidh maille rih-eagal.

72 C. *Creud ata an seachdamh Aithne ag toirmisg?*

F. Ata an seachdamh Aithne ag toirmisg, gach u-Smuaintibh *d* Briathribh *e*, agus Gniomharadh negheanmnaidh *f*

Mata. v. 28. Ge b' e neach a dh' amhairceas air oi chum a mianrachadh, gu 'n d' rinn e adhaltrannas na cheana' na chridhe.

Eph. v. 4. No draosdachd, no comhradh amaideach, ao-shùgradh, nithe nach iomchuidh.

Eph. v. 3. Striopachas, agus gach uile neo-ghloine, d, as air an ainmeachadh' nar measg.

73 C. *Cia i an t Ochdamh Aithne?*

* An aireadh dha. † Le gras.

Is i an t ochdamh Aithne (Na dean goid )

74 C. *Creud iarrar san Ochdamh Aithne?*

*F.* Ata an t-Ochdamh Aithne ag iarruidh, [?]uideacha laghail do dheanamh, chum ar Saibl[?] S[?]ghalta fein *g*, agus Saibhreas Dhaoine eile, [?]r air aigheadh *b*.

*g* Rom. xii, 17. Ulluichibh nithe ciatfeach am fi[?] nan uile Dhaoine.

Sean-fhocla. xxvii. 23. Biodh thusa diochalac[?] staid do threuda aithneacha, agus seoll gu maith orra[?]

*b* Lebhit. xxv. 25. Ma dh' fhás do bhrathair boc[?] gus gun do reic e cuid d' a sheilbh, agus ma thig a[?] air bith da dhillsibh g' a fhuasgladb, an sin fuasgla[?] an ni a reic a bhrathair.

Phil. ii. 4. Na seallaibh gach aon air na nithe [?] bhuineas da fein, ach gach aon air na nithibh a bhuine[?] dhaoine eile mar an ceudna.

75 C. *Creud ata air a thoirmisg anns an Och[?] Aithne?*

*F.* Ata an t Ochdamh Aithne ag toirmisg, gac[?] air bith a bhacas air Saibhreas Saoghalta fein *i*, Saibhreas air Coimhearsnach gu hèa-coireach *l*.

*i* 1 Tim. v. 8. Mur dean duine solar air son a c[?] eachd fein, agus gu h-áraid air son muinnter a theaghl[?] dh' áicheadh e an creidimh, agus is miosa e na anac[?] each. Sean-fhocla. xxviii. 19. Esan ata Gimeach[?] deigh dream dhiomhain bithidh aige san bochdain gu l[?]

*l* Sean fhocla. xxi. 6. Ionmhas fhaotin le teang[?] bhreugach, is diomhanas e air fhuadach thuige agus[?] the dhoibhsan atha giarruidh bás. Iob xx. 19. Do [?] gun do chuir e fochois agus gun do thrèig e am bo[?] do bhri gun d' thug e gu foir-neartach air falbh tigh [?] do thog e. Earran 20. Gu cinnteach cha mhothai[?] suaineas * na bhroinn.

76 C. *Creud i an naoi-amh Aithne?*

*F.* Is i an naoi-amh Aithne (Na dean fianais b[?] ige ann 'n-aighaidh do Choimhearsnach.

77 C. *Creud iarrar san naoimh Aithne?*

*F.* Ata an naoimh Aithne ag iarruidh an fhirin[?]

* Tamh fois.

lir Duine is Duine *m*, agus ar deadhainm fein *n*, agus deadh ainm air coimhearsnaich a sheasamh *o*, agus sin gu sonraicht, am Fianuis a dheanadh *p*.

*m* Secha viii. 16. Labhraibh gach neach an fhirinn r' a choimhearsnach.

*n* 1 Phcadar iii. 16. Air dhuibh deadh choguis a bhi agaibh; chum an uair a tha iad a' labhairt uilc 'nar n-aghaidh, mar luchd mi-ghniomh gu 'n gabh iadsan naire a tha toirt toibheum d' ar deadh chaitheadh-beatha ann an Criosd.

*o* 3 Eoin; Earran 12. Tha deadh theisteas air Demetrius o na h-uile Dhaoine, agus o an fhirinn fein: agus tha sinne mar an ceudna deanamh fianuis.

*p* Sean-fhocla. xiv. 5. Cha dean fianuis fhior breug. Earran 25. Saoraidh fianuis fhior anama,

78 C. *Creud ata air na thoirmisg anns an naoi-amh Aithne?*

*F.* Ata an naoi-amh Aithne ag toirmisg gach ni a-ta aig cur leath trom air an fhirinn *r*, no ni ea-coir air ar deadh-ainm fein *s*, no deadhainm ar Comhearsnaich *t*

*r* Rom. iii. 13 Labhair iad cealg le n teangaibh.

*s*. Iob xxvii. 5. 'Nar leigeadh Dia gu 'm firinnich mi sibh; gus am faith mi bás, cha chuir mi uam mo neochiont * fein.

*t* Salm xv. 3. An neach nach dean cùl-chaine' le theangaidh, nach dean lochd da choimhearsnach, 's nach tog droch sgeul an aighaidh a choimhearsnaich.

79 C. *Cia i an Deicheamh Aithne?*

*F.* Is i an Deicheamh Aithne, (Na smuain dhuit fe-teach do choimhearsnaich na smuain dhuit fein bean do chiomhearsnaich no oglach, no bhean oglach, no damh, no asail, no aon-ni eille bhuinneas do d choimhearsnach.

80 C. *Creud iarrar san Deicheamh Aithne?*

*F.* Ata an Deicheamh Aithne ag iarruidh oirn, bith lan toillichte le ar staid fein *u*, maille re fonn ceart agus intinn sheirceil a bhi ionquin d' ar coimhearsnach, agus do gach uile ni a bhuinneas dha *a*.

* Ghloinne.

*u* Eabh. xiii. 5. Biodh bhur caitheamh-beatha gun sannt; agus bithibh toillichte leis na nithe atha lathair agaibh.

*a* Rom xii. 15. Deanaibh gairdeacheas maille riusan a ta re gairdeachas, agus caoidh maille riu-san a ta re caoidh. 1 Cor xiii. 4 Tha an grádh fad-fhulangach, agus caoimhneil; cha ghabh an grádh farmad; cha dean an grádh ráiteachas, cha'n 'eil e air a sheideadh suas. Earran 5. Cha ghiulain se e fein gu mi-chiatfach, cha' n iarr e na nithe sin a bhuineas da fein, cha ' neil e so bhrosnachadh chum feirge, cha smuainich e olc sam bith. Earran 6. Cha dean e gairdeachas san eucoir, ach ni e gairdeachas san fhirinn.

81 C. *Creud ata air na thairmisg san Deicheamh aithne?*

*F.* Ata an Deicheamh Aithne ag toirmisg, gach tallach air ar staid fein *b*, gach doillicheas, agus farmad re maith air coimhearsnaich *c*, gach togradh, agus miann ana-cneast, chum aon ni d' am bi aige *d*.

*b* 1 Cor. x. 10. Agus na deanaibhse gearan, mar a rinn cuid dhuibhsan gearan, agus a sgriosa iad leis an sgriosadair.

*c* Gal. v. 26. Na bitheamaid dèidheil air gloir dhiomhain a' brosnachadh a' cheile, a' gabhail farmaid r' a cheile.

*d* Colo. iii. 5. Uime sin claoidhibh bhur buill ata air an talamh, striopachas, neo-ghloinne, fonn-collaidh, anamhiana, agus sannt, ni ' s iodhol aoradh.

82 C. *An bheil neach air bith comasach Aitheantibh Dhe a choimhid gu foirfe?*

*F.* 'Cha chomasach dò aon neach nach 'eil ach na dhuine a mhain, O chead thuitim air sinsir, Aitheanten Dhe a choimhid gu foirfe 's an bheatha so *e*, ach ata iad gach la ga'm briseadh ann smuaintibh *f*, ann focal *g*, agus a ngiomh *h*.

*e* Eccles. vii. 20. Cha n-eil duine maith * air thalamh atha deanadh gu maith, agus nach 'eil a peacacha.

*f* Gen. viii. 21. Ata smuainte cridhe an duine olc o oige.

*g* Seum. iii. 8. Ach ni 'n comasach do dhuine air bith an teanga cheannsachadh; is olc do-chasgaidh i, lan do

* Firinneach.

inh marbhtach.

*h* Seum. iii. 2. Oir ann am moran nithe tha sinn uile ionntach.

83 C. *Am bheil gach uile bhriseadh an lagha coimeas a uamhrachd ?*

F. Ata cuid do pheacaidh ionnta fein, agus do bhri'moran do nithe ata gan'n an-tromacha, ni is uamhaire na cheile ann am fianais Dhe *i*.

*i* Eoin xix. 11. An ti thug mise thairis dhuit, tha aigean am peacadh a' s mo.

84 C. *Creud ata gach aon-pheacadh ag toiltin ?*

F. Ata gach aon pheacadh ag toiltin Feirg, agus Mallachadh Dhe, araon sa' bheatha-so agus sa' bheatha-sin ata chum teachd *l*.

*l* Gala. iii. 10. Is malluichte gach neach nach fan anns na h-uile nithibh ata sgriobhta ann an leabhar an lagha chum an deanamh.

Mata. xxv. 41. An sin a deir e mar an ceudna riusan air an laimh chli, Imichibh uam, a shluagh malluichte dh' ionnsuidh an teinne shiorruidh, a dh' ulluicheadh do 'n diabhol agus d' a ainglibh.

85 C. *Creud ata Dia ag iarruidh cirne chum 's gu feadamaid tearnadh O' n fheirg, agus O'n Mhallacha sin a thoill sinne thaoibh ar peacaidh ?*

*F.* Chum Tearnadh O Fheirg, agus O Mhallacha Dhe a thoill sinne ar-son ar peacaidh, ata Dia ag iarruidh oirne Creidimh ann Iosa Criosd, Aithreachas chum na beatha *m*, maille re gnathacha diocheallach a dheanadh air na Meadhonaibh ata an leath a muigh, leis am bheil Criosd ag co'-pairteacha rinne sochaire na naorsa *n*.

*m* Gniomh. xx. 21. A' deanamh fianuis araon do na h-Iudhaich, agus do na Greugaich, mu aithreachas a thaobh Dhè, agus mu chreidimh a thaobh ar Tighearna Iosa Criosd.

*n* Sean-fhocla. ii. 1. A mhic, Ma ghabhas thusa m' fhocail-sa, agus ma dh' fhollaicheas tu m' Aitheantan

maille riut. Earran 2. Mar sin ma dh' aomas thu do chlu as chum gliocas, agus do chridhe re tuigse. Earran 3 Seadh ma dh' ēigheas thu an deidh eolas, agus ma thoga thu suas do ghuth arson tuigse. Earran 4. Ma dh' iarra thu i mar airgiod, agus ma rannsuicheas thu air a son ma air son ulaidhibh folaichte. Earran 5. An sin tuigidh th eagal an Tighearna, agus gheibh thu eolas Dhē.

86 C *Creud is Creidimh an Iosa Criosd ann?*

F. Creidimh an Iosa Criosd, is Gràs slainteil e o leis am bheil sinne ga ghabhail san *p*, 'gar socrach fein air-san na aonar chum slainte *r*, mar ata e air thairgse dhuinne anns an t-soisgeul *s*.

*o* Eabh. x. 39. Cha n'eil sinne do 'n dream sin a phil leas air an ais chum sgrios; ach do 'n dream a chreideas chum slanuchaidh an anma.

*p* Eoin i. 12. A mheud 'sa ghabh ris, thug e dhoib cumhachd a bhi na 'n cloinn do Dhia, eadhon dhoibhsa ata creidsinn na ainm.

*r* Phil. iii. 9. Agus gu faighear anns an mi, gun m fhireantachd fein agam, ata do 'n lagh, ach fhireanteach sin tre Chreidimh Chriosd, an fhireantachd ata o Dhi tre chreidimh.

*s* Isaiah xxxiii. 22. Is e Iehobhah ar breitheamh; e Iehobhah, ar fear-reachd, is e Iehobhah ar Righ; ni e a tearnadh.

87 C. *Creud is Aithreachas chum na beatha ann?*

F. Aithreachas chum na beatha, is Gras slaintei e *t*, leis am bheil am Peacach (air mo-acha gu ceart d pheacaibh fein *u*, agus do throcair Dhe annan Criosd *a* le doillicheas agus le fuath a pheacaidh, a pilltinn uatha gu Dia *b*, le lan run a chridhe, agus gna-thairgs nuadhumhlachd a thoirt dha *c*.

*t* Gniomh. xi. 28. Thug Dia mar an ceudna do n Cinneachadh aithreachas chum na beatha.

*u* Gniomh. ii. 37. A nis an uair a chual iad so, bh iad air am bioradh 'nan cridhe, agus a dubhairt iad re Pea dar, agus ris a' chuid eile do na h-abstolaibh, Fheara agu a bhraithre, ciod a' ni sinn.

* iompodh.

a Ioel ii. 13. Reubaibh ' ur cridhe agus ni h-iad 'ur n-
laichean ; agus pillibh ris an Tighearna 'ur Dia : oir tha
rocaireach, agus iochdmhor, mall a chum feirge, 's lan
chaomhalachd, is gabhaidh e aithreachas mu 'n olc.
b Ieremi. xxxi. 18. Pill thusa mi, agus bithidh mi air
philleadh, oir is tu an Tighearna mo Dhia. Ear. 19.
deimhin an deigh dhomh bhi air mo philleadh, ghabh
aithreachas ; agus an deigh dhomh bhi air mo theagasg,
uail mi air mo leis : bha naire orm, seadh fos geuramh-
dh, a chionn gu do ghiulain mi masladh m' oige.
Salm. cxix. 59. Smuaintaich mi air mo shlighe, agus
ll mi mo chasan ri d' theisteis.

58 C. *Creud iad na Meadhoinadh o'n leagh muigh, leis bheil Criosd ag co'-pàirteachadh rinne sochair na saor-*

F. Is iad na Meadhoinadh sin, orduighean Chriosd h-àraid am Focal Sacramaintibh, agus Urnuighibh, gu h-uillidh air an deanadh eifeachdach chum nte do na Daoine taghta *d*.

d Gniomh. ii. 41. An sin bhaisteadh iadsan aghabh r' nocal gu toileach. Earran 42. Agus bhuanaich iad gu mhach ann an teagasg nan abstol, agus ann an comh-munn, agus ann an briseadh arain, agus ann an ùrnui-bh.

9 C. *Cionnas ata am Focal aira dheanadh eifeach- chum slàinte ?*

. Ata Spiorad Dhe ag deanadh leighdaireachd an ocail, ach gu h-àraid a Shearmanacha na Mheadhon achdach chum Peacaich fhàgail ris, agus d' an iom-iadh *e*, agus d' an togail suas ann an Naom-hd *f*, agus an comh-fhurtachd trid Creidimh chum te *g*.

Salm. xix. 7. Tha Lagh Iehobhah iomlan, ag iom-adh an anam. Tha Teisteis an Tighearna cinnteach, anamh an t-simplidh glic.

Tesal. i. 6. Agus rinneadh sibh 'nar luchdleanmhu-irnne, agus air an Tighearn, ' nuair a ghabh sibh ris nocal ann am mór amhghar, le h aoibhneas an Spior-oimh.

*g* Rom. i. 16. Oir cha nar leamsa soi-geul Chriosd: oir is e cumhachd Dhe e chum slainte, do gach neach chreideas.

90 C. *Cionnas as coir am Focal a leughadh,' agus eisdeachd, chum 's gu biedh e eifeachdach chum slàinte?*

F. Chum 's gu deanta am Focal eifeachdach chu[m] slàinte, is feimal Duinne airre a thoirt dha le dic[h]cheal *h*, Ullamhachadh *i*, agus le Urnuighe *l*, a gha[b]hail chugain le Creidimh *m*, agus Gràdh *n*, a chur a[n] taisge ann ar Cridheachaibh *o*, agus a chur an gnion[mh] ann ar beathuibh *p*.

*h* Sean-fhocla. viii. 24. 'S beannuichte an neach dhēisdeas mise, gach la re fairre aig mo gheataibh, fant[a] in aig puist mo dhorsaibh.

*i* 1 Phead. ii. 1. Uime sin a' cur uaibh gach ui[le] mhéalltoireachd, agus chealg, agus fha-mada, agus ga[ch] uile ana-cainnt. Earran 2. Mar naoidheana air an ú[r] bhreith iarraibh bainne fior ghlan an fhocaill, chum as g[u] fas sibh leis.

*l* Salm. cxix. 18. Fosgail thusa mo húilean, a chu[m] 'sgu faicìnn nithibh iongantach as do reachd.

*m* Eabh. iv. 2. Cha robh tairbhe dhoibh anns an fhoc[al] a chaidh shearmonachadh, do bhrigh nach robh e air [a] mheasgadh le credimh anns an droing a chual e.

*n* 2 Tesal. ii. 10. Cha do ghabh iad gradh na firin[n] chum gu slauuichteadh iad.

*o* Salm. cxix. 11. Dh' fholuich me t-fhocal ann m[o] chridhe, chum is nach peacuichinn a' t'-aighidh.

*p* Seum. 1. 25. Aach ge b'e bheachdaicheas gu dúrac[h]dach air lagh diongmhalta na saorsa, agus a bhuanaich[eas] ann, gun e bhi 'na fhear-éisdeachd dearmadach, ach n[a] fheardeanamh na h oibre, bithidh an duine so beannuich[te] na dheanadas.

91 C *Cionnas ata na Sacramaintibh air nan dea[n]amh na Meadhin eifeachdach chum Slàinte?*

F. Ata na Sacramaintibh air nan deanamh eife[ach]dach chum slàinte, ni h-ann O bhriogh air bith :

nnta fein, no 'san ti a ni am fritheala dh *r*, ach trid
annacha Chriosd amhain, agus oibreachadh a Spio-
d-san, san droing a ghabhas chuca iad le Creidimh *s*.
*r* 1 Cor. iii. 7. Uime sin 'ma seadh, cha 'n 'eil
ns an ti a shuidhicheas no anns an ti a dhúisgicheas, brigh
m bith; ach ann an Dia a ta toirt an fhais.
*s* 1 Phead. iii. 21. Tha 'm baisteadh, mar shamhlachas
tha coimh-fhreagradh dha so (cha ' ne cur dhinn sal na
óla, ach freagradh deadh chogais thaobh Dhe) nis' gar
arnadhne, tríd aiscirigh Iosa Criosd.

92 C. *Creud is Sacramaint ann?*

F. An t-Sacramaint, is ordughadh naomha le Cri-
d i, anns am bheil Criosd, agus sochair Chumhnan-
n'an gràs, air an taisbeanadh *t*, agus air an Seula-
adh, agus air an cur ris na Creidmhich le Comha-
ibh corpora so fhaicsin *u*.
*t* Gen. xvii. 10. So mo choi'-cheangal a ghleidheas sibh
dar mise agus sibhse, agus do shliochd a' d' dheigh;
u 'antimchioll-ghearrar gach leanabh mic 'nar measg.
*u* Rom. iv. 11. Agus fhuair e comhar a timchioll-
hearraidh, seula fireantachd a' chreidimh a bha aige san
eo-thimchioll-ghearradh.

93 C. *Cia iad Sacramainte an Tiomna nuaidh?*

F. Is iad Sacramainte an Tiomna-nuaidh, Bai-
eadh *a*, agus Suipair an Tighearna *b*.
*a* Marc, xvi. 16. Ge b'e chreideas agus a bhaistear,
orar e.
*b* 1 Cor. xi. 13. Oir fhuair mise o n Tighearn an ni
ar an ceudna a thug mi dhuibhse, Gu 'n do ghlac an
ighearn Iosa aran, anns an oidhche an do bhrathadh e,
&c.

94 C. *Creud is Baisteadh an?*

F. Am Baisteadh is Sacramaint e, ann am bheil
onnlaid le h-uisge, ann an ainm an Athair, a Mhic,
gus an Spioraid-naoimh *c*, aig ciallacha, agus aig
eulachadh, gu bheil sinne air ar suidheachadh ann
n Criosd, agus ann n' air luchd co'-pàirt do Shochai-
bh chumhnant nan Gràs *d*, agus ag seulachadh fos
ir Boid gur eis an Tighearna sinn *e*.

*c* Mata. xxviii. 19. Uime sin imichibhse, agus deanaibh deisciobuill do gach uile chinneach, 'gam baisteadh ann an ainm an Athar, agus a' Mhic, agus an Spioraid-naoimh.

*d* Rom. vi. 3. Nach ' eil fhios agaibh, a mheud againn is a bhaisteadh, ann an Iosa Criosd, gu 'n do bhaisteadh chum a bhăis sinn.

*e* Rom. vi. 4. Air an aobhar sin dh' adhlaiceadh sinn maraon ris tre 'n bhaisteadh chum băis ionnas mar a thogadh Criosd suas o na marbhaibh le glóir * an Athar eadhon mar sin gu gluaiseamaidne mar an ceudna ann an nuadhachd beatha.

95 C. *Cia da 'n coir am Baisteadh a Fhrithealadh?*

F. Cha choir am Baisteadb a fhrithealadh, do aon neach a ta an taobh a mach†, do'n Eaglais fhaicsinnich no gus'n aidmhich iad an Creidimh ann an Criosd, agus an Umhlachd dha *f*, ach is coir Naoidheannadh na droinge, ata na'm buill do'n Eaglaish fhaicsinneach a bhaisteadh *g*.

*f* Gniomh. ii. 41. An sin bhaisteadh iadsan aghabh r[illegible] a fhocal gu toileach.

*g* Gen. xvii. 7. Agus daingnichidh mi mo cho'-cheangal eadar mis' agus thusa, agus do shliochd a' d' dhéigh 'nan ginealăchaibh, mar choi'-cheangal sioriudh, gu bb[illegible] m' Dhia dhuitse, agus do d' shliochd a' d' dhéigh. Ear[illegible]ran 10. So mo choi'-cheangal a choimheadas sibh eada[illegible] misc agus sibhse, agus do shliochd a' d' dheigh; Gu '[illegible] tiomchioll-ghearrar gach leanabh mic 'nar measg.

Gniomh ii. 38. An sin a dubhairt Peadar riu, Deanaib[illegible] aithreachas, agus bithibh air bhur baisteadh gach aon [illegible] gaibh ann an ainm Iosa Criosd, chum maitheanais peacaid[illegible] agus gheibh sibh tiólacadh an Spioraid naomh. Earra[illegible] 39. Oir ata 'n gealladh dhuibhse, agus d' ar cloinn, ag[illegible] do gach uile a ta fad o laimh, eadhon a mheud ' sa gha[illegible] meas an Tighearna ar Dia.

96 C. *Creud i Suipar an Tighearna?*

F. Suipair an Tighearna is Sacramaint , anns a[illegible] bheil bàs Chriosd air fhoilseachadh, le aran, agus [illegible] on a thoirt, agus a ghabhail do reir orduighe fein

* Cumhachd. † A muigh Eir.

agus an droing a ghabhas chuca gu hiomchuidh iad, ata iad (ni air mhodh feolmhar, ach) trid Creidimh, air an deanamh nan luchd co'-pàirt da chorp agus da fhuil-san, le uile shochairibh, chum an altrum, agus am fàs an Gràs *i*.

*h* Lucas. xxii. 19. Agus ghlac e aran, agus an déigh buidheachas a thoirt, bhrise, agus thug e dhoibhsan e, ag radh, 'Se so mo chorp sa a ta air a thoirt air bhur sonsa; deanuibh so mar chuimhneachan ormsa Earran 20 Mar an ceudna an cupan, an déigh na supeir, ag radh, Is e 'n cupan so an tiomnadh nuadh ann am fhuilsa, a dhòirteadh air bhur sonsa.

*i* 1 Cor. x. 16. Cupan a' bheannachaidh a ta sinne a beannachadh, nach e comunn fola Chriosd e? an t-aran a ta sinn a' briseadh, nach e comunn cuirp Chriosd e?

97 C. *Creud is feimeil do an droing sin a dheanamh, is am bàil Suipair an Tighearna a ghabhail gu h-iomchuidh?*

F. Is feimeil dhoibh iad fein a cheasnachadh ann an Eolas, chum Aithne a dheanamh air Corp an Tighearna *l*, ann nan Creidimh, chum beatha an Anma a thairruing as *m*, ann nan Aithreachas *n*, nan gradh *o*, agus nan nuadh-umhlachd *p* eagal, air eachd dhoibh gu neimh-iomchuidh, gu 'n nith, agus an òl iad Breitheamhnas dhoibh fein *r*.

1 Cor. xi. 28 Ach ceasnuicheadh duine e fein, agus mar sin itheadh e do 'n aran so, agus óladh e do'n chupan. Earran 29. Oir ge b' e dh' itheas agus a dh' ólas gu neo-iomchuidh, tha e githcadh agus ag ól breitheanais dha fein, do bhrigh nach 'eil e a' deanamh aithneadh air corp an Tighearna.

2 Cor xiii 5 Ceasnuichibh sibh fein am bheil sibh sa chreidimh

1 Cor xi 31 Oir nan d' thugamaid breth oirnn fein, cha d' thugtadh breth oirnn.

1 Cor. xi. 18. Air cruinneachadh dhuibh an ceann a cheile san eaglais, tha mi cluinntinn gu bheil roinnean nar measg. Earran 20. Uime sin an uair a thig sibh an ceann

a cheile do aon aite; cha 'n e sin suipeir an Tighearna theadh.

*p* 1 Cor. v. 8. Uime sin cumamaid an fheil * na b-a le seann thaois ghoirt, no le taois ghoirt a' mhioruin ag an uilc; ach le aran nea-ghoirtichte an treibh dhireis ag na firinn.

*r* 1 Cor. xi. 27. Uime sin go b'e neach a dh' ithe an t aran so, agus a dh' olas cupan so an Tighearna neo iomchuidh, bithidh e ciontach do chorp agus do fh an Tighearna.

98 C. *Creud is Urnaighe ann?*

F. Is i is Urnaighe ann, toirt suas air 'n athchuir do Dhia *s*, ag iarruidh nithibh do rèir a thoill *t*, a an Ainm Chriosd *u*, ag aidmheil ar peacaidh *a*, a ag toirt buidheachais dha air-son a Thiolacaibh *b*.

*s* Salm. lxii. 8. Cuiribh anns an 'ur dochas anns g am, sibhse a phobuill doirtibh amach 'ur cridheachai na fhianuis, is e Dia is tearmunn dhuinne.

*t* Rom. viii. 27. Agus is aithne dhasan ata rann sa adh nan cridheachan ciod i inntinn an Spioraid, do bh gu bheil e deanamh eidirghuidhe air son nan naom rèir toil Dè.

*u* Eoin xvi. 23. Geb'e nithe dh' iarras sibh air an thair ann am ainmse, gu 'n tabhair e dhuibh iad.

*a* Dan. ix. 4. Agus rinn mi urnaigh ris an Tighe mo Dhia, agus rinn mi m' aidmheil.

*b* Phil. iv. 6. Na biodh ro chūram ni sam bith o ach san uile ni le h-ūrnaigh agus asluchadh maille re b buidheachais, biodh bhur n iartuis air an deanamh nichte do Dhia.

99 C. *Creud i an Riaghail a thug Dia Dhuinne Seoladh ann an Urnaighe a dheanadh?*

F. Ata focal Dhe gu h-uilidh ga 'r Seoladh a Urnaighe a dheanamh *c*, ach is i an Riaghail raichte a sheolas sinn, an Fhoirm Urnaighe sin a agaisg Criosd da Dheiscioblaibh da 'n goirrear gu cheana Urnáighe an Tighearna *d*.

*c* 1 Eoin v. 14. Agus is e so an dōchas ata agair san, ma dh' iarras sinn ni sambith a rèir a thoile, eisd e ruinn.

* Fheisd.

*d* Mata. vi 9. Air an aobhar sin deanaibhse ūrnaigh air a' mhodh so: Ar n Athair ata air neamh, Gu naomha aichear t' ainm, &c.

100 C. *Creud ata Reamh-radh Urnnigh an Tighearna ag teagasg dhuinne?*

F. Ata Reamh-radh Urnaigh an Tighearna (Eadhon air n-Athair ata air neamh) ag teagasg Dhuinne *e*, teachd am fogasg do Dhia le gach uile urram naomha agus muinghin, mar Chloinn, chum an Athair *f*, ata comasach agus ullamh d' ar cuideachadh, agus gur coir guidhe dheanamh maille re Daoine eile, agus air an son *h*.

*e* Isaiah lxiv. 9. Na biodh corruich ort, O Iehobhah, gus a' chuid is faide; agus na cuimhnich gu siorruidh aingeachd. Feuch amhairc oirn, guidheamaid ort; is sinn uile do shluagh.

*f* Luc. xi. 13. Air an aobhar sin ma 's aithne dhuibhse ata olc, tiodhlacan maithe a thoirt d' ar cloinn, nach mór s mó na sin a bheir bhur n-Athair nēamhaidh an Spiorad naomh dhoibhsan a dh' iarras air e.

*g* Rom. viii. 15. Oir cha d' fhuair sibh Spiorad na daorsa a rīs chum eagail; ach fhuair sibh Spiorad na huchd-mhacachd, tre an glaodhsinn Abba Athair.

*h* Eph. vi. 18. A' deanamh ūrnaigh a ghnath leis gach uile ghnē ūrnaigh agus asluchaidh san Spiorad, agus a deanamh faire chum an ni so fein maille ris gach uile bhuanachadh, agus ghuidheadh air son nan naomh uile.

101 C. *Creud ata sinn ag guidhe 'san chead Iartas?*

F. San chead Iartas, (Eadhon gu ma beannuichte tainmse) ata sinn a' guidhe gu ma toil le Dia sinne, agus daoine eille a dheanamh comasach air e-fein a ghlòrachadh anns gach aon-ni leis am bheil se ga fhoillseachadh fein dhuinn *i*, agus gu ma toil leis gach ni, Shuidheachadh agus orduchadh chum a Ghloire fein *l*.

*i* Salm. lxvii. 1 Biodh thusa a Dhia trocaireach Dhuinne, agus beannuich sinn, agus tog dealradh do ghnuis oirn. Earran 2. Chum 's gu bith do shlighe aithnaichte air Thalamh, agus do shlainte thearnaidh a' measg nan uile fhin-

neachadh. Earran 3. Moladh am pobull thusa O Dhe: molaibh gach uile phobull thu.

*l* Rom. xii. 36. Oir is ann uaithesan agus trīdsan, agus air a shonsan a ta na h-uile nithe: dhasan gu robh glōir gu siorruidh, *Amen.*

102 C. *Creud ata sinn a' guidhe 'san dara Iartas?*

F. San dara Iartas, (Eadhon gu tigeadh do Rioghachd-sa) ata sinne a' guidhe Dhe, Rioghachd an Aibhsteir a sgrios *m*, agus Rioghachd nan Gràs a mheadachadh *n*, sinne agus daoine eile a tharruing da h-ionsuidh agus a choimhead innte *o*, agus Rioghachd na glòir a luathachadh *p*.

*m* Salm. lxviii. 1. Eireadh ar Dia, Sgaoilibh e a dream a 's naimhde dha 's an dream a thug fuath dh teicheadh iad o ghnūis.

*n* Salm. li. 18. Ad dheagh ghean deansa maith air Sion, tog thusa balla Ierusaleim.

*o* 2 Tesal. iii. 1. Fa dheoidh, a bhraithre, deanaibh rūnaigh air ar soinne, chum gu 'u ruith focal an Tighearna, agus gu 'm bi e air a ghlōrachadh mar an bhur measg. Rom. x. 1. A Bhraithre, is e dūrachd mo chridhe, agus m' ūrnaigh re Dia air son Israeil, gu 'm biodh iad air tearnadh.

*p* Taisb. xxii. 20. A deir an ti' a tha toirt fianuis na nithibh so, Gu deimhin ataim a' teachd an aithghearr, *Amen.* Seadh, thig, a Thighearna Iosa.

103 C. *Creud ata sinn a' guidhe 'san treas Iartas*

F. San treas Iartas (Eadhon, Deantar do thoil air an Talamh mar nithear air Neamh) ata sinn a' guidhe Dhe, sinne a dheanamh comasach, agus d nach le 'a Ghràs, chum eolas a ghabhail air a thoil in *r*, a bhith freagarach agus ùmhal dith anns gach on ni *s*, amhail mar ata na h-Aingil air Neamh *t*.

*r* Salm. cxix. 34. Thoir dhomh tuigse agus coimh mi do reachd, seadh, coimhdidh mi e le m'uile chri Earran 35. Thoir orm bhith triall ann an ceum t-aith tan, oir 's ann ann atha mo thlachd. Earran 36. chridhe lūb re do theisteas.

*s* Gniomh. xxi. 14. Agus an uair nach gabhadh e c

airle, sguir sinne, ag radh, Deanar toil an Tighearna.

*t* Salm. ciii. 20. Beannuichibh Iehobhah, sibhse Ainle san tha deanamh aitheantan-san tha geilleachdain do huth f hocail-san. Earran 22. Beannuichibh Iehobhah, le oibre, feadh a thighearnais, O m'anam beannuich Iehohah.

104 C. *Creud ata sinn a' guidhe san cheathramh Iarus?*

F. San cheathramh, Iartas (Eadhon, thoir dhuinn an iugh ar 'n aran laitheil) ata sinn ag iarruidh gu fuighaid do shaor thoir bheartas Dhe, roinn chuimseach o nithibh maith na beathasa *u*, agus gu mealamid a beannachadh fein maille riu *a*.

*u* Sean-f hocla xxx. 8. Cuir uam am fad diomhanas aus breugan, na tabhair dhomh bochdain, no beartais, athaich mi le lõn * freagarach air mo shon.

*a* Salm. xc 17. Is bitheadh mais' ar Tighearna Dia dealradh oirn': agus socruich thusa oirn gniomhara ar mhan, seadh, oibir ar lamhan dean daingean e.

105. C. *Creud ata sinn a' guidhe san chugeadh Iarus?*

F. San chuigeadh Iartas (Eadhon, agus maith dhune ar fiacha; amhluidh mar mhaithamid d'ar Feichnaibh) ata sinn a guidh Dhe maitheamhnas a thoirt uainn gu saor nan ar 'n uile pheacaidh air son Chrid *b*: agus is moid ar misneach so iarruidh, gu bheil n air ar neartacha trid a Ghras-san, ann a maitheahhnas a thoirt do dhaoine eile o ar cridhe *c*.

*b* Salm. li 1 Dean trõcair orm, O Dhia, a reir do aoimhnas graidh, a reir lion-mhoireachd do thrõcair aoimh dubh † amach mo chionta.

*c* Mata vi 14. Oir, ma mhaitheas sibh an cionta do aoinibh maithidh bhur n-Athair neamhaidh dhuibhse mar ceudna.

106 C. *Creud ata sin a' guidhe san t-seathadh Iar?*

F. San t-seathadh Iartas, (Eadhon, agus na leig am aireadh sinn, ach saor sinn O olc) ata sinn a guidhe he, air coimhead o bhith air ar buaireadh chum pea-

* Biadh. † Glan.

caidh *d;* No air cunbhail suas, agus ar saoradh a tam a bhuairear sinn *e.*

*d* Mata. xxvi. 41 Deanaibh faire agus ūrnuigh, chi as nach tuit sibh am buaireadh. Seum xix 13 Cum oglach-air ais o pheacaibh dănadais, na bithcadh ac' ar uachdranachd orm

*e* Salm li. 10 O Dhia cruthaich annam cridhe gla ath nuadhaich spiorad ceart an taobh a stigh dhīm Ea ran 12 Aisig dhomh gairdeachas do shlainte; is dean mo chumail suas le d' Spiorad saor

107 C. *Creud ata Co'dhunadh Urnaigh an Tighea na a' teagasg dhuinne?*

F. Ata Co'dhunadh Urnaigh an Tighearna (I dhon, oir is leatsa an Rioghachd, agus a chumhach agus a Ghlòir, gu siorruidh, *Amen.*) ag teagasg dh inne misneach an Urnaigh a ghabhail o Dhia amhair agus ann ar n' Urnaigh esan a mholadh: le Rioghac Cumhachd, agus Glòir a thoirt dha *g*, agus n fhianais air ar miann, agus ar dearbhbheachd ann cisdeachd fhaighail, deirmid, *Amen h.*

*f* Dan ix. 18. Cha n' eil sinn a taisbeanadh ar n' a uingan a' d' lathair air son ar n ionracais, ach air son mhor-throcair fein Earran 19 O Thighearna, ēisd, Thighearna maith, O Thighearna cluinn agus dean, dean maille, air do shon fein, O mo Dhia

*g* Chron. xxix 11. Is leatsa, O Thighearna, a' m achd, agus an Cumhachd, agus a' Ghlōir, agus a Bhua agus an Uachdranachd, Oir is leatsa gach ni ata an Ne agus anns an Tallamh. Earran 13. Nis, uime sin, sinn a' toirt buidheachas dhuitsa, ar Dia, agus ag mo t-Ainm ghlōr-mhor fein.

*h* Taisb. xxi. 20. *Amen*, seadh, thig, a Thighe Iosa.

CRIOCH.

*PASLIC, Clo bhuailt le EOIN MACNEAL.*

1800.

# *Laoidhean air iomad grunnd teagaisg.*

*Air Cainnt a Ghliocais ri cloinn nan daoin ;*

BIBH tosdach uile, chlann nan daoin',
  tra ghlaodhas Gliocas De ;
A bhriathra thugar leibh fanear,
  's da earail thugaibh geill.
Bu mhise Annsachd Dhe o thùs,
  mun robh na neamha ann ;
'S mun d'fhuair an domham mor a bhith,
  bha mise, feadh gach am.
Mun robh ann sleibhte mor no beag,
  mun robh ann muir no tìr ;
No ni ar bith sa chruinne chè,
  aig deas laimh Dhe bha mì.
Tra dhealbh e neoil is adhar ard,
  an talamh tràight 's an cuan,
'S tra ghear[illegible]'n criochan doibh fa leth,
  bha mise [illegible]san uair.
Tra chr[illegible]'n talamh cothromaicht'
  gun taic ris o aon taobh,
Dhearc mi le solas mor an sin,
  air ionad-cònuidh dhaoin'.
Dhealbh smaoin mo chridh' o shiorruitheachd
  lān-tearmunn doibh o'n bhàs,
Neo-chaochlaidheach, uaidh sin gu so,
  tha m'ioch'd dhoibh is mo ghràdh.
Ri m' theagasg eisdibh uime sin,
  is gheibh sibh beatha uaidh ;
Is sona 'n ti bheir geill do m' lagh,
  bidh 'n ti nach tabhair truagh.
Is mise ni gu neamh an t-iul,
  's a bheir do 'n ionraic duais ;
Tha beatha 's cairdeas aig gach neach
  a leanas mi gach uair.
Ach 's naimhde mor d' an anma fein
  na dhiultas geill do m' reachd ;
'S na bheir sior-fhuath do m'theagasg naomh
  chum ifrinn theid gu beachd.

*Air Builleacha na b-aimsir.*

'S E nis an t'am bhi reidh ri Dia,
'S e nis an t-am thoirt geill do'n Triath;
Am feadh a mhaires la nan gras;
Feudaidh gach neach dol as o'n bhàs.
2 'S i so an uair a shenchna' truaigh',
'S a thabhairt neimh amach le buaidh;
So cothrom àigh, ta dian.dhol seach,
Deanar deàgh-bhuil dheth leis gach neach.
3 Is fios do 'n bheo gu faigh e bàs,
Air di-chuimhn tha gach marbh an trà 's;
Do dh'fhalbh an cuimhne, 's dh'fhalbh an ainm,
Cha 'n aithnigh'r iad, cha'n aithne dhoibh.
4 Theirig an gradh, is sguir am fuath,
'S tha 'm farmad sìnte leo san uaigh;
Cha 'n eol doibh ni sam bith fo 'n ghrein:
An saothair sguir maraon riu fein.
5 Dean dichèall uime sin 'na thrà,
Crioch a chur air saothair do làmh;
Oir saothair, seol, no obair ghlic,
Cha deanar leat gu brath fo 'n lic.
6 San uaigh, gu'm bheil sinn uil' a' triall,
Maith'nas cha 'n fhaigh, 's cha d'f huaradh riamh
Gun chaochla' bithidh cor gach neach,
Gu am da bhinne teachd amach.

*Air Urnaigh an Tighearna.*

A Thair gach dùil a bhos is shuas!
dan dual gach cliu is gloir;
Ad lathair striochdaidh sinne sios,
gu h-iosal mar is coir.
2 T-ainm naomhaichear 's na h-uile àit,
is aora' dha gach slòigh;
Craobh-sgaoil do Shoisgeul, 's thoir dha buaidh,
is luathaich riogh'chd na gloir.
3 Deanadh gach dúil air thalamh bhòs,
do thoil mar aniglibh neimh;
Dhi geilleadh iad le cridhe ait,
's le giulan màcant sèimh.

Ar n-aran lathajl deonuich dhuinn,
is cridhe taingeil leis ;
s ciod air bith is cuibhrionn duinn,
do bheannachd biodh 'na chois.
Maith dhuinn ar fiacha trom, a Dhe,
do reir mar mhaithear leinn,
D'ar feichuibh fein an ea-ceairtean,
's gach beum a thug iad dhuinn.
Na leig am buaireadh sinn a Dhe,
ach gleidh finn o gach lochd ;
Oir rioghachd, cumhachd, 's gloir gun chrioch,
's leat nis 's a ris gu beachd.

*Air Buaidh nan Naomh h ar a' bhàs ; agus an uaigh ;*

E fuaim na trompaid dheireannaich
criothnaichidh 'm fonn gu garbh ;
osglaidh gach uaigh is brùchdaidh nios,
chum siorrui'chd cuirp nam marbh.
euch, eiridh cuirp nan saoi an fin,
le misnich is ...r-sgèimh ;
d basmhor th... ach eiridh chum
neo-bhasmh... d air neamh.
euch faisne... fhior nam Faidhean naomh
coi-lionta nis gu beachd ;
u geilleadh bàs do bheatha fhior,
's gu criochnaicheadh an gleachd.
as togadh creideamh luaghair ait,
is canadh e ... laoidh,
' nis am bheil ...ghath, a Bhàis?
c'ait, Uaigh, am bheil do bhuaidh?
i choguis chiontach gath a bhàis,
teann-fhàtha 'n cridhe 'n daoi ;
b'e 'n Lagh a thug do chiont a neart
gu luchd a pheacaidh chlaoi'.
ch beannuicht gu robh Dia gu bràth
chuir ar an namh fo chois,
a thug dhuinn trid ar Ceaunard Criosd
buaidh fhiorruith agus fois.
'n aobhar fin, le dúrachd cridh',
do 'r Righ bheir sinne geill ;
dearbhta gu faigh sinn fadheoidh,
rún gloir an rioghachd neimh.

*Air Laithean Neamh ;*

GRad-thuitidh 'n corp so fios do 'n úir,
'na smúr fo chumhachd bais :
Ach gheibh ar n-anma cònuidh 's fearr,
gu h ard le Dia nan gràs.

2 Gheibh anma naomh an còmuidh 'n sin
san tigh a thog dhoibh Dia ;
Tra shaorar iad o 'n phriosan thruagh
sam bheil an cuairt re cian.

3 D'ar n-uallach talmhaidh sgíth, mar so,
's tric thainear cna leinn ;
Ach saoruidh 'm bàs gu caomh sinn uaith,
is dhachaidh suas theid sinn.

4 Oir tha ar n-earbs' a' tigh is fearr,
tra dh'fhagas sinn a chriadh ;
Cha'n e bhi rúisgt ach sgeadaichte
ri m' bheil ar duil 's ar miann.

5 So dochas ait nan anma naomh
o 'n Slan'ear chaomh an tràs,
A thug an spiorad dhoibh maraon,
mar sheul is earlais graidh.

6 Sior-ghluaisidh sinn le creideamh be
an gealla' glormhor Dhia ;
'S bidh sinn, rè fad ar cuairt sa chorp,
ag osnaigh 'n deigh ar Triath.

7 Na 's ait le 'r n-anma fhaotainn, 's fad'
's ro-fhada leinn e uainn ;
Air imrich b' ait leinn dol o 'n fheoil
's ar còmuidh fhaotainn shuas.

8 Ach anns a' chorp, no as a' chorp,
an so no 'n sin gam bi,
Sinn fein thoirt suas do sheirbhis Dhia,
se so ar miann gu fior.

9 Chum cathair-breitheanais Mhic Dhe,
feuch, theid gach uile neach ;
A dh'fhaotainn pèin no tuarasdail,
mar thoil iad uaith fa seach.

10 Breith chothromach neo-chlaon an sin
gheibh deagh-ghuiomh agus lochd :
'S bidh cor gach neach gu siorruith, reir
a bheus, ma's maith no olc.

*Paisley printed by J. Neilson. 1800.*